

1938.20(17)

Ath-aonadh na h-Eaglais Albannaich
air
Steidh an Ath-leasachaidh

O R A I D

A RINNEADH AIG CO-DHUNADH,
ARD-SHEANADH EAGLAIS NA H-ALBA

Air Di-luain, a' Chiad La d' an Og-mhios, 1891

LE

CEANN NA CUIRT, AN T-ARD-URRAMACH
SEUMAS MAC-GRIOGAIR, D.D.

MINISTEAR SGIREACHD NAOIMH CUIBEART, AN DUN-EIDEANN


EADAR-THIANGAICHTE O 'N BHEURLA

UILLEAM BLACKWOOD AGUS A MHIC
AN DUN-EIDEANN AGUS AN LUNAINN



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

National Library of Scotland



B000500556

ORAIID-CO-DHUNAIDH

ARD-SHEANADH EAGLAIS NA H-ALBA.

AN CÈITEIN, 1891.

A BHRÀITHREAN AGUS UAISLEAN ARD-URRAMACH,—

Chan 'eil an t-àite anns an do choinnich a' chiad Ard-Sheanadh a bha aig Eaglais na h-Alba, móran agus urchair cloiche o 'n tigh anns a bheil sinn a nis cruinn. Bha so air an 20 là d' an Dùd-lachd, anns a' bhliadhna 1560. Cha robh a làthair ach a dhà agus dà fhlichead pearsa, agus cha robh ach seisear dhiubh sin na 'm ministearan. Is e a' chiad ainm a bha air clàr na Cùirt "Iain Knox." Is e a bha ann Cùirt Eaglais làn uidheumaichte, agus gun dàil sam bith chaidh i an cinnseal a cuid oibre cudromaich. Chan fhacas riamh roimhe no na dhéigh Cùirt le uiread ùghdarras air a cur air chois a dh' aon léum. Bha a h-ùghdarras co-ionnan ri ùghdarras rìgh fhéin. Bha i air a togail air stéidh iarrras agus taice toil an t-sluaigh. Bha i a' nochdadh ìntinn sluagh na h-Alba móran na b' fheàrr na a rinn a' Phàrlamaid Albannach fhéin riamh e, agus a' filleadh ìnnte fhéin, o thoiseach, smior agus duine-ealas na h-Alba. Is e a bha anns an Ard-Sheanadh dìreach Albainn ann an riochd a luchd-gnothaich dhùthchasaich fhéin, cruinn còmhla, a shocrachadh cùisean spioradail an t-sluaigh. Agus rinn iad sin gu math agus gu ro-mhath. Cha deachaidh riamh air an t-saoghal atharrachadh cho domhain agus cho coimhionta ris an Ath-leasachadh ann an Albainn, a dhèanamh ann an ùine cho goirid. An taobh a stigh de chòig bliadhna o àm a' chiad Chùmhnaint, air an 3 là d' an Dùd-lachd anns a' bhliadhna 1557, ch'è sinn an Eaglais, na h-aidmheil, na h-oilean, agus na h-uachdaran-achd, air a suidheachadh, ach beag, air a' cheart làraich air a bheil i an diugh na seasamh—a sluagh agus a cléir a' gabhail làimh le chéile na cuid oibrichean, air a ceangal gu dlùth ris a' Chrùn, ach fo riaghladh eadar-dhealaichte naith, agus le làn chòir air a Cùrtean fhéin a chumail, gun chead, gun chomhairle. An taobh a stigh de shè-mìosan-déug bho 'n àm anns an do chuireadh ceann air an Ath-leasachadh, thòisich an cath cruaidh agus righinn sin a b' fhéudar do 'n Eaglais agus do 'n Ard-Sheanadh so a

chur an aghaidh ain-tighearnas nan Rìghrean Stiùbhartach—an cath air son saorsa spioradail agus aimsireil na Rìoghachd. Bha deireadh na ciad chounsoid eadar Knox agus Ban-rìghinn Màiri, mar gum b' eadh, na fhàistneachd air dé bu chrìoch do 'n chòmh-stri gu léir. Tha iomadh duilleag chianail ann an eachdraidh na h-Eaglais, ach is ainneamh té a chuireas an cridhe air ghluasad no a tha a' gealltainn bhcanachdan do 'u t-saoghal coltach ris an duilleig a tha ag inneadh dhuinn mar sheas pragan boehd de mhinistearan agus de theachdairean eile an aghaidh na h-oidhirp a thug a' Bhan-rìghinn, air a cuideachadh le Matthean foilleil a' Chothionail,¹ air làmh a chur air a' chòir a bha aig an Eaglais air coinneachadh gun bhacadh na 'Cùirtean fhéin. Tha na faeail a thuirte Knox ri Moraire Lethington, "Thoir uainn saorsa ar. Cùirtean, agus tha e cho math dhuit an Soisgeul a thoirt uainn," na 'm faeail cho géur agus cho beachdail 's a thàinig riamh á bèul duine. Is e a bha annta cath-ghairm fhuaimheil, àrd, na saorsa—béum clag-bàis an ain-tighearnais. Le saorsa na h-Eaglais gu bhith a' cumail a Cùirtean fhéin, bha air fhilleadh a stigh saorsa na Rìoghachd gu bhith a' cumail Phàrlamaidean agus a' dèanamh a Cuid laghannan fhéin.

Bha a' bhliadhna 1567 na bliadhna iomraitich ann an Albainn. Cha do chuir a' Bhan-rìghinn riamh a h-aonta ris an Achd a rinneadh ams a' bhliadhna 1560, a' cur cùl ris an Eaglais Phàpanaich. Le leithid Ban-rìghinn Màiri air a' chathair, na 'n robh làmh eile ach làmh Iain Knox aice ri choinneachadh, cha robh nì a bu choltaiche na gun rachadh an t-Achd sin a dhubhadh a mach aig àm sam bith. Bha an rud a thachair an uair a theich i á Caisteal Locha-lìbhinn, an uair a dh' éirich a' chuid a b' fhearr de dh' fhuil na Rìoghachd fo a brataich, a' nochdadh nach robh ach greim faoin fhathast aig an Ath-leasachadh. Am measg nan ciad nitheannan a rinn Iarla Mhurray, an déigh dha a bhith air a shuidheachadh ams an Tàinistearachd, ghairm e a' Phàrlamaid air a' 15 là d' an Dùdlachd. Is ann air comhairle na h-Eaglais a chaidh a' Pharlamaid a ghairm. Faodar a ràdh gur ann a réir iartras na h-Eaglais a chaidh a cuid reachdan a dhèanamh, oir bha làmh aig Knox agus aig a bhurathrean ann an suidheachadh nan laghannan sin. Rinn a' Pharlamaid an Eaglais a stéidheachadh as ùr, le aonta a' Chrùin. Chuir a' Pharlamaid a làmh as ùr ri leabhar aidmheil-creidimh luachmhor Iain Knox, agus sgrìobh i a' h-uile facal dhe ann an Leabhar-an-Lagh. Dhaingnich i cumhachd dlìgheach na h-Eaglais ams gach ston a bha an taobh stigh de chrìochan a h-oighreachd spioradail, agus shuidhich i nach gabhadh breith Ard-chùirt na h-Eaglais tilgeil bun os cionn. Rinn a' Pharlamaid sin, mar chù sinn, ullachadh cuimseach air son na h-Eaglais as a maoin fhéin, na deachamhan.² A chùn agus gum biodh e air a dhèanamh èunnteach, cho fad agus a ghabhadh e dèanamh, gum biodh Rìoghachd na h-Alba, o 'n àm sù a mach, na Rìoghachd Chrìosdaidh, ag aideachadh agus a' toirt géill, mar rìoghachd, do Dhia, chaidh a shoerachadh leis an lagh mhór so gun tugadh "na h-uile rìghrean aig àm an crùnaidh gealladh firinneach air an mionnan, gun dèanadh iad sgrìobhis do 'n Dia bhith-bhuan, gun cumadh iad suas creideamh fìor Iosa Crìosd, agus gun riaghladh iad an sluagh a réir Facal Dé agus laghannan cothromach na Rìoghachd so." Rinn "an t-Achd so, a chuireadh a mach le ar n-Uachdaran mòralach, le comhairle a Thàinistear ghràdhaich, agus Trì Buidhean na Pàrlamaid so," le bhith a' buileachadh ùghdarras a' Chrùin oirre, rinn e Eaglais Ath-leasachte na h-Alba a stéidheachadh gu daingean agus gu maireannach. "Rè a' chiad seachd bliadhna so cha robh an Eaglais ach mar gum b' eadh air a ceadachadh mar bhuidhinn Chrìosdail, le glé bheag bàigh bho 'n

¹ The Lords of the Congregation.

² The teinds.

uachdaranachd, agus a' strìth gu àite seasmhach a chosnadh am measg òrduighean suidhichte na tìre. Bho 'n àm so a mach tha i air a comharrachadh mar aon de bhunaitean coimhionta comh-shuidheachadh na Rìoghachd, air a cothlamadh agus air a h-aonadh ris a' Chrùn agus ris an Ard-uachdaranachd anns a' Phàrlamaid."¹ Tha a h-aidmheil Phrotectanach air a dèanamh cinnteach. Na h-aidmheil agus na comh-shuidheachadh, agus ann an làn ughdarras a h-Ard-Sheanaidh, tha againn ann an Eaglais an àma sin a' cheart Eaglais Stéidhichte a tha againn an diugh. Na 'n rachadh an Eaglais a dhì-stéidheachadh, bhiodh an t-Achd mór so, air son an do rinn Knox agus a luchd-cuideachaidh gleachd agus guidhe, air a dhubhadh a mach a Leabhar-an-Lagh, agus rachadh obair nan seachd bliadhnaichean a b' iomaguiniche agus a bu tarbhaiche a chunnaic Albainn riamh a thilgeil bun os cionn.

Thuit an cath an aghaidh Eaglais na Ròimhe air làmhnan Iain Knox; thuit an cath an aghaidh na h-Eaglais Easbuigich air làmhnan Mhelville, d' a bheil sinn gu sònraichte fo chomain air son ullachadh Darna Leabhar an Oilein² anns a bheil againn, saor o na caochlaidhnean d' an fhéudar tachairt ann an cùrsa aimsreach, comh-shuidheachadh na h-Eaglais mar a tha e againn air an là an diugh. Coltach ri Ciad Leabhar an Oilein, tha e a' cur sgarachdainn eadar lagh na Rìoghachd agus cumhachd na h-Eaglais a tha e a' tagar a bhith a' sruthadh dìreach bho Dhia. Chan eil ceann aimsireil sam bith aig an Eaglais. Is e Iosa Crìosd is aon Rìgh spioradail os a cionn. Tha a cumhachd agus a riaghailt a' laighe gu nàdurra innte fhéin, agus air an stéidheachadh air Facal Dé a mhàin. Chan fhaodar ministèir no neach eile a ghairm gu drèuchd eaglais sam bith gun aonta agus taghadh laghail an t-sluaigh.

A thùr ciad bliadhna gus a' Bhealtainn is fhaisge, choinnich Ard-Sheanadh ro chomharraichte ann an Dùn-Eideann. Tha a' choinne so na carragh-cuimhne ann an eachdraidh ar Rìoghachd. Chuir i crìoch air an darna cuairt de chóig-bliadhna-fichead, rè an robh an Eaglais chiùrrte a' cothachadh gu dian agus gu buadhmhor air son a saorsa agus a dealbh Phresbyterianaich. Choinnich a' Phàrlamaid anns a' Chéitein, agus aig iarrtas, agus, ann an tomhas mór, a réir seòladh an Ard-Sheanaidh, rinneadh Achd na bliadhna 1592, ris an abrar gu fìrinneach Clach-stéidh na h-Eaglais. Shocraich an t-achd so saorsa na h-Eaglais. Dhaingnich e d' a cuid Cùirtean an làn ughdarras laghail sin a tha i a' sealbhachadh gus an là an diugh, agus a tha a' fàgail Eaglais na h-Alba air leith comharraichte am measg nan Eaglaisean, an Eaglais is saoire air an t-saoghal. Shocraich an t-Achd so an dà chuid crìochan na h-Eaglais agus crìochan na Pàrlamaid. Ag aontachadh ri brìgh Dara Leabhar an Oilein, shuidhich e uachdaranachd na h-Eaglais mar lagh na Rìoghachd, mar a bha Leabhar-aidmheil a Creidimh bho thoiseach. Dhaingnich e còir na h-Eaglais air Ard-Sheanadh a chumail uair anns a' bhliadhna, no cho tric agus a bhiodh féum air, agus shuidhich e gum biodh an Rìgh no Fhear-ionaid a làthair aig gach coinne. Dh' aidich e gu soilleir gur ann o Dhia a bha an Eaglais a' faighinn a h-àrd-ughdarras. Shuidhich e nach biodh Achd na bliadhna 1584 "air chor sam bith an aghaidh nan sochairean, no a' lughdachadh nan sochairean a bhuilich Dia air an luchd-drèuchd spioradail anns an Eaglais, a thaobh aidmheil creidimh, no mearachdan creidimh, no ascaoin-eaglais, no suidheachadh mhinistèaran, no a bhith ga 'n cur á drèuchd, no àrd-bhreith sam bith a bhios gu h-àraidh suidhichte air Facal Dé agus a' tarraing ùghdarras uath." Shuidhich e gum biodh socrachadh ministèaran nan sgìreachdan air earbsadh, chan ann ris na h-easbuigean, ach "ris na presbyteryan fa-leith, o so a mach,

¹ Universal Kirk, p. 74.

² Second Book of Discipline.

le làn chumhachd a bhith ga 'm buileachadh d' a réir sin, agus gu bhith a' socrachadh uile chùisean agus ghnòthaichean na h-Eaglais an taobh a stìgl d' an crìochan, a réir riaghailtean na h-Eaglais." Thuirt am Moraire Moncreiff mu 'n Achd mhór so gun robh e "a' leagail sìos deilbh agus co-shuidheachadh Eaglais Stéidhichte air dhùigh cho coimhionta 's a bha e comasach sin a dhèanamh." Thuirt Diùc Earra-Ghàidheal mu 'n Achd so—"A leithid de reachd, a' filleadh a steach smaointean cho àrd agus cho freagarrach air gach seòl, cha robh riamh roimhe no na dhéigh a' cur maise air leabhar-lagh rìoghachd fo 'n ghréin. Is math a thig e do na h-Albannaich a bhith uailleil uime, ge b' e air bith earrann d' an Eaglais Phresbyterianaich d' am buin iad. Is e am mi-shealbh agus meachranachd dhaoine o 'n leith a muigh a chuir sgarachdainn innte. Am measg gach eadar-dhealachadh barail a tha againn, chan 'eil àicheadh air so, gur e am beachd agus an tionngsnadh air co-cheangal ceart eadar an Eaglais agus an Crùn a rinn sluagh na h-Alba a shuidheachadh o chionn trì chiad bliadhna, éuchd is clùitiche ann an eachdraidh ar dùthcha." Thuirt an t-Urramach Dr M'Crìe nach maireann—"Thug e do chàirdean a' chomh-shuidheachaidh Phresbyterianaich an cothrom so, gun robh iad a' seasamh air làraich laghail, agus thug e comas dhaibh rè àireamh bhliadhnaichean seasamh a mach gu buadh-mhor an aghaidh oidhirpean a' Chrùin gu bhith a' foirmeadh orra rian-eaglais gu tur eadar-dhealaichte." Mur bhith an t-Achd sin, bha Eaglais Phresbyterianach na h-Alba, gun teagamh, air a sìneadh anns an ùr, agus cha robh Eaglais Phresbyterianach an diùgh ri fhaotainn san Rìoghachd so no ann an dùthchannan na h-aona chainnt rithe. Mur bhith an t-Achd sin, agus na laghannan eile a thàinig roimhe sin, leis an robh an Eaglais air a stéidheachadh, tha M'Crìe ann an làn bheachd—agus tha e ceart anns a' bharail—"ann an ùine ghoirid gun glacadh Eaglais shaobh-chreideach agus ain-tighearnail a' Phàpa air ais an cumhachd sin a chaidh a thoirt uaipe le spàirn cho cruaidh agus air a leithid de chostas sàrachaidh agus dòrtadh-fala." Chan abair iadsan a tha eòlach air a fhingha oidhirp dhiorrasaich agus sheòlta a rinn Séumas I., Teàrlach I., agus Séumas II., agus bhith a' goid air falbh saorsa an t-sluaigh, gu bheil a' chainnt so mi-chuimseach. Chuireadh Di-stéidheachadh na h-Eaglais an t-Achd so air chùl agus as aithne.

Rè dheich-bliadhna-fichead lean an t-uachdaran air a bhith, a lìon beag agus beag, a' saltairt air còraichean an t-sluaigh. An sin thàinig a' Chiad Chùmhnant, Ard-Sheanadh mór Ghlaschu, anns a' bhliadhna 1638, agus an Darna h-Ath-leasachadh. Anns a' bhliadhna 1649, phàidh Teàrlach le 'cheann air son a riaghlaidh mhì-laghail. As a dhéigh sin thàinig aon-bhliadhn-déug na Comh-fhlaitheachd.¹ An sin thàinig Ath-ghairm an Rìgh, agus na lorg sin chaidh an Eaglais Easbuigeach a chur an greim aon uair eile anns a' bhliadhna 1661, an nair a chaidh teann air 300 de na ministearan Presbyterianach a ruagadh as an cuid eaglaisean agus an àiteachan a lìonadh le buidheann dhaoine mu thimchioll a bheil an t-Easbuig Burnet fhéin ag innseadh dhuinn gun robh iad "na 'n aobhar-nàire do 'n linn d' am buineadh iad, druair agus fuigheal an dùthcha." As a dhéigh so thàinig àm nan Cùmhnantach, an uair a bha muinntir an Tighearna, araon fir agus mnàithean, air an cur fo gach gnè dhèuchainn agus pheanais, agus air an ruagadh agus air an marbhadh mar na cearcan-tomain, agus gun chionta r' a chur as an leith ach a bhith ag aoradh do Dhia a réir an cogaisean. A mach o phlathainnean goirid de sheòrsa faothachaidh, mhair so fad ochd-bliadhna-fichead, agus rè na h-ùine sin tha Wodrow ag innseadh dhuinn gun d' fhuiling "ochd-mìle-déug pearsa am bàs, cho math ris gach cruaidh-chàs agus teinn." Cha

¹ The Commonwealth.

robh aimsir cho fada bho àm an Ath-leasachaidh, no roimhe sin, anns am facas a leithid de cheilg, de dh' fhoill, agus de bhrùidealachd fhuiltich agus mhi-nàdurra air an cleachdamh le rìgh agus le uachdaranachd, agus seasmhachd agus gaisge cho comharraichte air an nochdadh leis an t-sluagh. Is e àm a bu mheasa gu léir bliadhnaichean na géur-leanmhainn cagalaich sin a thàinig as déigh Blàr Drochaid Bhothwell, anns a' bhliadhna 1679—bliadhnaichean a chaidh a bhaisteadh le fuil nan Cùmhnantach fo 'n ainm, “àin a' mharbhaidh.” B' i so an ionnsaidh a bu ghairge agus a bu déine a thugadh riamh le rìgh gu bhith a' sgrios saorsainnean an t-sluaigh; agus b' i an ionnsaidh mu dheireadh i. Bha an oidhche aig a duirhead dìreach roimh bhristeadh na fàire. An caochladh gaoithe a shéid Uilleam III. gu cala aig Torbay, sguab e am fear mu dheireadh de na Stiùbhartaich, cho math ris an droineab mu dheireadh de Phàpanachd agus de dh' ain-tighearnas gun eismeil, gu bràth bhàrr rìgh-chathair Albainn agus Shasuinn. Coltach ri Ath-leasachadh na h-Alba, bha “a' mhalairt-rìgh àghmhor” so grad, guineach, agus gun mheang, agus chaidh gabhail rithe gu dealasach le sluagh sàraichte na h-Alba, an uair a chùin iad comhairle ann an Dùn-Eideann agus a sheas iad na firinnean air son an robh an Eaglais Phresbyterianach a' strìth bho chiad thoiseach an Ath-leasachaidh.

D' an trì chiad ministear a thug thairis an sgìreachdan naoi-bliadhna-fichead roimhe so, cha robh a làthair ach trì fichead. Cha b' e an t-iarmad briste so a mhàin a sheas an aghaidh iarrtas Rìgh Uilleam, gun rachadh seòrsa de dh' Eaglais Easbuigich a chur suas an Albainn, agus a bhuidhinn an t-Achd mór anns a' bhliadhna 1690, leis an deachaidh an Eaglais Phresbyterianach a chur air chois as ùr, agus a dhaingnich agus a shuidhich Leabhar Aidmheil a' Chreidimh; a' cur an céill “gum b' e sin brìgh agus taisbeanadh teagasgan nan Eaglaisean Ath-leasaichte;” agus a dh' fhàg gach céum agus gach cumhachd co-cheangailte ri taghadh mhinistearan ann an làmhnan na h-Eaglais. Tha Sir Eanraig Moncreiff ag ràdh ann an “Eachdraidh Beatha Erskine,” “Cha b' e gnìomh na cléire a bha ann an Achd na bliadhna 1690.” Cha b' i a' chléir ach an Uachdaranachd air a deagh stiùradh, gu sònraichte le Carstares, a thèarainn agus a dhaingnich gu bràth cruth Phresbyterianach Eaglais na h-Alba. Mur bu duilich le iomadh aon, cha do rinn an t-Achd so ainmeachadh sam bith air na Cùmhnantan. An déigh a bhith air a bhacadh rè dhà fhichead bliadhna, choinnich an t-Ard-Sheanadh air an 16 là de mhìos October. Bha Gabriel Cunningham, Ceann an Ard-Sheanaidh roimhe, fhathast a làthair, agus, mar bu chòir, shuidh e air ceann na coinne gus an deachaidh fear ùr a shuidheachadh na àite. Mhair coinneamhan an Ard-Sheanaidh gus an 13 là de mhìos November, agus chaidh mòran de ghnòthaichean féumail a chur troimh làmhnan.

Ach cha robh an Rìoghachd fhathast saor o dhèuchainn no an Eaglais saor o chunnart. Tha sinn fo chomainn do dh' oidhirpean dìleas an Ard-Sheanaidh air son gun robh a làn chòraichean agus a h-uile shaorsainnean air an daingneachadh gu teann, soilleir, do 'n Eaglais ann am Bann an Aonaidh eadar Sasunn agus Albainn, mar Eaglais sluagh na h-Alba. Bha de ro-chùram air ar n-aithrichean air eagal gun rachadh lughdachadh sam bith a dhèanamh air an t-saorsa spioradail air son an do phàidh iad cho daor, no gun rachadh beantainn air dhòigh sam bith ri Eaglais Phresbyterianach na h-Alba le Pàrlamaid nan Trì Rìoghachdan aig àm sam bith as a dhéigh so, gun do rinn Pàrlamaid na h-Alba Achd Daingneachaidh anns a' bhliadhna 1706, mar *Achd air leith*, m' an do chuir iad an làmh ris an Achd leis an deachaidh gabhail ri Bann an Aonaidh. Chaidh a shocrachadh mar phrìomh chùmhnannt, m' an gabhadh iad gnothach ri Achd an Aonaidh, gun rachadh an Eaglais a chaomhnadh—

an Eaglais sin, a réir barail Mhr Gladstone, nach bu chòir a bhith riamh air a stéidheachadh, a chionn nach b' eaglais Easbuigeach i, agus, uime sin, nach fìor eaglais idir i. Shuidhich Achd an Daingneachaidh, mar tha an t-Eachdraidhe Hill Burton ag innseadh dhuinn, “gum maireadh an Eaglais Phresbyterianach, mar a chaidh a stéidheachadh le caochladh reachdan Pàrlamaid, le a h-Aidmheil Creidimh, a h-oilean agus a cùirtean spioradail, gun atharrachadh gu bràth, agus gun rachadh a h-aideachadh a mhàin mar uachdaranachd na h-Eaglais ann an Rìoghachd na h-Alba. Shuidhich e gun tugadh gach uachdaran Breatunnach, aig àm daibh seilbh a ghabhail, mionnan gun dìonadh iad uachdaranachd, aoradh, oilean, còraichean agus sochairean na h-Eaglais. . . . Tha e na nì comharrachichte gus an là an diugh, gu bheil na mionnan so air an toirt aig àm do 'n uachdaran seilbh a ghabhail, am feadh a tha na mionnan eile air an toirt aig àm da a bhith air a chrùnadh.” Anns an Achd a rinn a' Phàrlamaid Shasunnach a chum cumhachd lagh a thoirt do chumhachan Bann an Aonaidh, tha an t-Achd so leis an do dhaingnicheadh an creideamh Protestanach agus an Eaglais Phresbyterianach, air ainmeachadh leis fhéin agus, eadar “gach earrann, gnothach, agus nì a tha ann, tha e gu bràth air a shuidheachadh, air gabhail ris, agus air a dhaingneachadh.” An uair a chuir an Rìgh 'aonta ris an Achd air an 6 là de mhìos Màirt na bliadhna 1707, “bha e air a dhèanamh cho teann, seasmhach ri Achd-Pàrlamaid Sasunnach.” Tha Achd an Aonaidh, anns a bheil Achd an Daingneachaidh air a ghabhail a stigh a' dèanamh Laghannan Breatunnach de dh' uile sheann reachdan na Pàrlamaid Albannaich, leis an robh an Eaglais Phresbyterianach air a stéidheachadh ; tha an Eaglais i fhéin gu bràth air a figheadh a stigh ann an Comh-shuidheachadh Rìoghachd Bhreatuinn, agus a Cùirtean na 'n Cùirtean laghail d' an Rìoghachd, agus làn chumhachd aca anns na h-uile chùisean spioradail. Na 'n rachadh an Eaglais a dhì-stéidheachadh, bhiodh Achd an Daingneachaidh air a dhubhadh as. Ach chan 'eil cumhachd aig Pàrlamaid Bhreatunn an t-Achd a dhubhadh as, mur faighear an toiseach aonta réidh, soilleir, bho shluagh na h-Alba air son sin a dhèanamh.

So mar chrìochnaich an iomairt rìghinn, bhàsmhor so, a mhair seachd agus seachd fichead bliadhna ; so mar chrìochnaich a' chòmh-stri dhéistinneach, a' ghéur-leanmhainn sgriosail, agus an dórtadh-fala eagalach, troimh an do bhuidhinn an sluagh stéidheachadh agus uidheamachadh aimsireil do dh' Eaglais na h-Alba. Cha deachaidh an cath mór air son Ard-shaorsa Aimsireil agus Spioradail a chur air faiche riamh na bu ghairge agus na bu bhndhaiche na anns an Rìoghachd bhig so. Thàinig air sluagh a bha gu nàdurra dian-thairiseach do rìgh agus do lagh, an dùthaich a dhèanamh na h-aon bhlàr-cogaidh mór, agus gach sìon a bu ghràdhach leò air thalamh a thoirt thairis, a roghainn air gun strìochdadh iad an lite a bu lugha d' an nì sin a bu ghràdhach leò uile gu léir bho chian nan cian, agus as aogmhais an robh gach uile nì eile gun luach-- b' e sin Saorsa Aimsireil agus Spioradail. Cha b' e an Eaglais Phresbyterianach an aghaidh na h-Eaglais Easbuigich idir a' chùis a bha an geall. B' e sin an cruth fo 'n do nochdadh i. B' i an fhìor cheist a bha a' laighe foidhe gu léir, saorsa an aghaidh ain-tighearnais—còir an t-sluaigh air gun rachadh an comhairle a ghabhail ann an deilbh an cuid laghannan agus an còir air aoradh a dhèanamh do Dhia a réir an cogaisean. Bha e fìor, fad an t-siubhail, an rud a thuir Wyntoun, “Bha aig Eaglais na h-Alba an còmhnaidh rathad dhi fhéin.” Faodar a h-eachdraidh a sgrìobhadh ann an aon fhacal—rùn seasmhach, suidhichte, nach ceadaich i do chumhachd no do dh' uachdaranachd sam bith o 'n leith a muigh a coéigneachadh gu rathad sam bith eile a ghabhail. Ràinig toraidhnean na còmh-stri crìochan móran na b' fharsainghe na an Rìoghachd bheag anns an

do chuireadh an cath. Bha an cogadh so na mheadhou air Breatunn a shaoradh bho uamhasan na Ceannaire anns an Fhraing. A' cheart spiorad a ghluais ar n-aithrichean, ghluais e an sliochd ann am Mòr-roinn America, agus chuidich e iad ann a bhith a' leagail stéidh na Comh-fhlaitheachd is mò air aghaidh an t-saoghail. Bha e na aobhar air riaghladh saor a shuidheachadh anns gach ceàrn far a bheil cainnt ar dùthcha air a labhairt; agus anns an dian rùn sin air son saorsa, anns an fhuasgailteachd sin a tha e a' buileachadh air buadhan agus air comasan dhaoine, chuidich e ann a bhith a' cur suas na h-impireachd chomharraichte, agus ann an cur cruinn an t-saibhris anabarraich sin, a thuit mar oighreachd air iarmad Bhreatuinn thar aghaidh an domhain uile. Cha b' ann a mhàin air an son fhéin a choisinn an spiorad so a' bhuaidh, ach, tromhpasan, choisinn e a' bhuaidh do 'n chinne-dhaonna gu léir. Chaidh an cath mór so a chur, agus a' bhuaidh-làrach a chosnadh, le seann Eaglais Phresbyterianach na h-Alba, agus gu linn nan linn bidh a chliù sin air ainmeachadh oirre.

Ann an teas-meadhoin a' chath, o thòiseach gu deireadh, sheas an t-Ard-sheanadh. Is e a b' aon chrìoch àraid dà, rè còmh-stri nam bliadhnaichean so, a bhith a' seasadh agus a' tagar còraichean agus saorsa an t-sluaigh. Faodar a ràdh le tomhas de dh' fhìrinn mu 'n duine a bhuaill am buille a bu làidire anns a' chogadh bhuaidhach so, gun do "rinn e barrachd 's a rinn aon ghaisgeach eile chum saorsa anns an t-seadh is àirde a bhuidhinn do 'n chinne Bhreatunnach."

A mach as a' chruaidh-ghleachd fhada so dh' éirich Eaglais air a leòn gu domhain, goirt, anns a' chòmhrag, agus le fuil nam martarach air clàr a h-aodainn—Eaglais, fallain na creideamh, socraichte air teagasg nan abstol, simplidh agus Sgrìobturail na h-aoradh, agus le comh-shuidheachadh, mar a tha air aideachadh leòsan a tha comasach air breith a thoirt, a tha a' toirt bàrr, ach beag, air comh-shuidheachaidhnean uile Eaglaisean an domhain. B' i an Eaglais so màthair Eaglaisean Presbyterianach an t-saoghail gu léir. Tha e air a ràdh le aobhar math gur ann air dealbh Eaglais na h-Alba a chaidh comh-shuidheachadh moran de Stàidean America a leagail sìos. Bha a h-aonadh ris a' Chrùn ach beag cho math 's a ghabhadh e bhith. Chaidh a stéidheachadh agus a maoin a bhuidhinn troimh chogadh fada, dian, nach 'eil ann an eachdraidh a' chinne-dhaonna a thug bàrr air ann an fìor ghaisge. Bha aig an Eaglais mar a prìonh agus a h-aon Cleann, an Tighearn Iosa Crìosd. Bha aice, agus air aideachadh agus air a dhaingneachadh dhi leis an lagh, làn shaorsa spioradail, agus ùghdarras spioradail nach do tharraing i o chumhachd talmhaidh sam bith. Bha cùrtean na h-Eaglais air an aon bhonn ri cùrtean-lagha na Rìoghachd, agus làn chumhachd aca anns gach sìon a bhuinteadh d' a cùisean spioradail fhéin. A réir a cùmhnaint ris a' Chrùn—an aon dòigh anns an urrainn do dh' Eaglais a bhith saor o làimh Cùrtean na Rìoghachd—"bha i saor, ach beag, gu nì sam bith a dhèanamh, a mach o bhith ag atharrachadh a cruth agus a céudnachd fhéin." B' i Eaglais a bu shaoire air aghaidh an t-saoghail. Chuir i subhaile air an Rìoghachd mar riochdachadh agus mar thaisbeanadh beò air na fìrinnean àrda sin air son an do rinn na daoine a b' urramaiche cothachadh, agus air son an do dhóirteadh cuid d' an fhuil a b' uaisle ann an Albainn, rè a' chiad-gu-leith bliadhna is ionraitiche ann an eachdraidh ar dùthcha. Is i an Eaglais sin, mar tha i againn ann an reachdan an Aonaidh eadar Albainn agus Sasunn, oighreachd choitcheann sluagh na h-Alba, agus gu sònraichte Presbyterianaich na h-Alba, air an là an diugh; agus is ceart a dh' fhaodar a ràdh gur i oighreachd cho greadhnach 's a bhuilich Dia air dùthaich rianh.

Chan 'eil ach roinn de na Presbyterianaich a' sealbhachadh sochairean

na seann Eaglais so mar eaglais stéidhichte. Troimh aobharan air a bheil sinn uile eòlach, tha Presbyterianaich na h-Alba, ged tha an aon aidmheil, an aon oideas, agus an aon uachdaranachd aca, air an roinn na 'n trì Eaglaisean air leith, agus gach té dhiubh làn uidheamaichte air a bonn fhéin. Tha na h-Eaglaisean sin uile a' tagar gur meanglain iad d' an aon chraoibh. Cho fada agus a chcadaicheas am maoin e, tha iad a' saothrachadh air an aon làraich. Chan 'eil an inbh no an suidheachadh a' cur dealachaidh eadar ministearan agus sluagh aon Eaglais agus ministearan agus sluagh Eaglais eile. Tha e air innseadh dhuinn le aon aig a bheil còir air fios cinnteach a thoirt mu 'n chùis—Fear-lagha na h-Eaglais—gu bheil mu thuaiream trì muillion agus dà chiad mìle (3,200,000) Presbyterianach ann an Albainn. Tha 1650 tigh-aoraidh an co-cheangal ri Eaglais na h-Alba, agus 1575 eadar an Eaglais Shaor agus an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte—is e sin 3225, no tuilleadh agus aon eaglais air son gach mìle d' an t-sluagh. Ma chuireas sinn 1600 pearsa, mar àirinn chuimsich, mu choinne gach coimhthionail, is e na dh' fhéumamaid de dh' eaglaisean mu dhà mhìle. A réir coltais, ma tà, tha againn 800 ministear Presbyterianach a thuilleadh agus a tha feum air, agus bho 400 gu 500 ionad-aoraidh eile. Leis mar tha ar n-eaglaisean air an roinn tha sinn a' caitheamh gun fhéum teann air dà chiad mìle pund Sasunnach (£200,000) anns a' bhliadhna, a bhàrr air saothair da-chiad-déug duine, agus iad sin a thaobh an cliù, an oilein, an rùintean àrda, an comais, an dillseachd agus an tograidh air son an dleasnais, na 'n daoine cho measail agus a ghabhadh faotainn ann an dùthaich fo 'n ghréin. Tha so na nì follaiseach. Ach as an t-sealladh—ciod an truaigh, ciod an t-aimheal, ciod am farmad, ciod an gamhlas, ciod an dolaidh air gach nì is fheàrr ann am mac an duine, nach gabhar tomhas ach le ìntinn Dé a mhàin! An dochair a tha so a' toirt air aobhar na diadhaidheachd air gach làimh chan 'eil e comasach a chur an céill. Taobh ri taobh ris an ro-phailteas eaglaisean so, tha, mar a chì sinn fhathast, goinne eaglaisean a tha a cheart cho dòlasach. Leis mar tha sinn air ar roinn chan 'eil e comasach so a sheachnadh. Chan 'eil ùghdarras suidhichte, co-chòrdadh, no co-obreachadh aon-sgeulach ann. Tha gach Eaglais a' cothachadh air a son fhéin. Is e a tha ann daor-dholaidh mhaslach, dhéistinneach.

A chum gun tuig sinn cho peacach 's a tha an dolaidh so, is fhéudar dhuinn amharc air cor an t-sluaigh a thaobh béusachd agus diadhaidheachd fo sholus an t-suidheachaidh anns a bheil sinn air ar càramh. Chan 'eil mi idir am dhuine meata, agus chan 'eil toil agam beachd is muladaiche na dh' fhéumas mi a ghabhail air cùisean. Ach tha mi a' guidhe air mo luchd-dùthcha gun seall iad air a' chùis ann an clàr an aodainn. Tha sinn a' gabhail troimh aimsir caochlaidh agus troimh-chéile. Tha sinn air stairsnich linn ùir. Ged tha mòran anns an roimh-shealladh a tha làn misnich, tha iomadh rud ann a tha làn imcheist. Tha an neo-chreideamh meata a bha againn aig toiseach na linn so air cinntinn gu bhith na àicheadh an-dàna air gu bheil spiorad idir ann, agus tha sinn ri chreidsinn gun robh toiseach corporra agus gum bi crìoch chorporra aig gach nì is mòralaiche agus is fheàrr anns an duine. Chan fhiach an dràst ach *agnosticism*,¹ agus a bhith ag aicheadh gu bheil sìon ann a bhàrr air na chithear leis an t-sùil. Tha litreachas ar là loma-làn d'an ana-creideamh so. Banagan òga air ùr thighinn as an sgoil, nach d' fhuair fhathast greim air ciad theagasgan an leabhar-chùntais, innsidh

¹ *Agnosticism*.—A' bharail a tha aig cuid, nach 'eil e comasach do dhuine cho fad agus is urrainn duinn breith a thoirt, eòlas cinnteach a bhith aige air saoghal neo-fhaicsinneach no air Ciad-aobhar gach nì. Is e “Aineolas” no “Neo-aithne” is fìor bhrìgh do 'n fhacal.

iad dhuibh gu gobach gun do chaill iad greim air a' chreideamh. Iunaidh giullain òga dhuibh gu bheil iad air gabhail gu *agnosticism*—facal is gann is aithne dhaibh dé is ciall da, agus nach mór nach tugadh e dùlan daibh a litreachadh. Gheobh sinn daoine coltach ri Ard-Easbuig Chanterbury, nach maireann—duine cho glic 's a bha ann na latha—ag iunseadh dhuinn air leabaidh a bhàis “gu bheil ar linn air fàs ana-creidmheach.” Cluinnidh sinn Ard-Easbuig York, nach maireann, ag ràdh “gu bheil ana-creideamh ar làtha, chan e mhàin dàna, ach uile-làthaireach. Gheobhar e anns an tigh-thathaich agus anns an taobh-sheòmar. 'Gheobhar e fo chòmhdach mealltach anns na paipearan-naidheachd, anns na mìosachain, agus ann an leabhraichean ar cuid faoin-sgeul.” Tha e an còmhnaidh na thoradh air an ana-creideamh fhàsmhor so gu bheil e a' truailleadh nan nithean is ro-naoimhe. Tha bunaithean beatha na rìoghachd air an cladhach fodha. Is i an dachaidh frèumh na rìoghachd. Is e an ceangal-pòsaidh frèumh na dachaidh. Tha neart a' cheangail-phòsaidh a' comh-sheasamh na fhìorghloine naomh. Tha an fhìorghloine so air a truailleadh. Tha saor-ghaol air a chur an céill gu follaiseach. Chan 'eil ann an adhaltranas, ma 's fhìor, ach gnè de chéum-tuaitheal, agus chan 'eil ann am miannan-eighich an co-cheangal ris ach seòrsa de ghaisgealachd. “Tha greim aig beachdan Crìosdail mu gheamnuidheachd fhatthast air an t-sluagh” arsa Dr Church, Deadhan Eaglais Naoimh Pòl,—“greim fann gu leòir. An comasach dhuinn ceist is cudthromaiche a chur na co-dhìubh a mhaireas no nach mair an greim so?”

Tha so uile dcòstinneach gu leòir; ach tha tuilleadh ann. Is e aon de na comharran is mìosa air ar linn mar tha an t-seana chleachdainn Albanach, aoradh-teaghlaich, a' crìonadh as 'n ar measg fhéin, agus, còmhla ri sin, an dearmad a tha ga dhèanamh le pàrantan air teagasg cràbhaidh an cuid cloinne. Ma tha sinn a' dol a chumail greim air a' chreideamh anns an àm ri teachd, is éiginn duinn tòiseachadh le greim a dhèanamh air an òigridh. Cha robh e riamh roimhe cho féumail gun rachadh òigridh na dùthcha a cheangal ri creideamh agus ri deagh-bhéus. Cho fhad 's a bhuineas do 'n chloinn bhig, tha teagasg cràbhaidh ach beag air fhògradh as ar n-eaglaisean, as ar sgoilean, agus is goirt leam a ràdh, eadhon am measg ar n-uaislean agus ar leith-uaislean, gu bheil e ann an tomhas mór air fhògradh as ar dachaidhean. Sgrìobh fear aig a bheil sàr-chothrom air breith cheart a thoirt mu 'n chùis so am ionnsaidh mar a leanas: “Tha gràdh màthaireil—chan e a mhàin a' bhàigh nàdurra a tha aig na h-uile ri 'n cuid àil, ach an gràdh àrd sin a shaothraicheas le eiseimpleir agus le earail gu bhith a' stiùradh na cloinne chum eòlas fhaighinn air gach uil is àirde agus is fheàrr—tha an gràdh so, mo thruaigh, air dol as aithne ann am móran d' ar teaghlaichean. Agus is e an dlèanas naomh agus sona so, a tha, ann an tuilleadh 's a' chòir d' ar teaghlaichean am measg nan uaislean agus nan leith-uaislean, air earbsadh ri oideachan, ri mnathan-oilean agus ris a' mhinistear.” Chan 'eil e comasach daibh sin àite athar no màthar a ghabhail, agus chan urrainn daibh na pàrantan a shaoradh o 'n chomair a tha a' laighe orra fòghlum cràbhaidh a thoirt d' an cuid cloinne. Is e duine glic a thuirt anns a' chainnt Fhrangaich, “Ce qu'on appelle l'homme moral est formé sur les genoux de sa mère.”¹ Tha Leabhar Aithghearr nan Ceist—ge b' e coire a gheobhar dhà, an leabhar is fheàrr a sgrìobhadh riamh le làmhnan dhaoine a chum eòlas spioradail a theagasg, an leabhar sin a dheilbh cliù na h-Alba air mhodh nach do rinn leabhar eile ach an Bìobul—tha e ach beag air a chur air chùl. A dh'aindeoin uidheam ar cuid eaglaisean, agus tomhas de dhìlseachd 'n ar cuid ministearan air nach

¹ Cha mhór nach ionann na facail agus an sean-fhacal Gàidhlig—“An rud nach teagaisgear ris a' ghlùn chan fhòghlumar ris an uilinn.”

d'thugadh riamh bàrr, a dh' aindeoin so uile, tha àireamh ro mhór de dh' òigridh ar là a' einntinn suas gun sìon de dh' fhòghlum brìoghmhor, spioradail. Chan urrainn do 'n toradh a bhith ach truagh. Oir tha an so agaiun ginealach a' einntinn suas gu bhith na 'n aithrichean agus na 'm màthairichean, agus iad fhéin, chan e mhàin air chion tograidh, ach gu tur ao-comasach air eòlas spioradail a bhuileachadh air a' ghinealach ri teachd. Is i so aon de na ceistean is ro-chudromaiche air an là an diugh. So rud eile—gu bheil àireamh mhór d' an ehnid is fiosraiche d' ar luchd-cosnaidh a' claonadh air falbh bho 'n Eaglais, agus gu bheil, eadhon ann an Albainn, an déigh na tha de chòrr eaglaisean na 'r measg, an sèathamh cuid d' an t-sluagh an taobh a muigh de mheadhonan nan gràs.

An làthair a leithid so de shuidheachadh, chan urrainn duinn gun a chur an céill gu bheil roinnean ar n-eaglaisean, maille ris a' chall mhór ar luchd-oibre, air maoin, agus air fialaidheachd Chrìosdail, agus an mór chall cumhachd a tha air fhilleadh anna, chan e mhain baòth agus amaideach, ach maslach agus peacach. Tha cor chùisean mar tha iad ole a mhàin, agus gu tur, buileach. Tha e tàmailteach d' ar tuigse, d' ar gràdh-dùthcha, agus d' ar n-aidmheil choitcheann mar Chrìosdaidhean. Chan 'eil féum ann a bhith a' feòraich ciamar a thàinig cùisean gu bhith mar tha iad, no có is coireach. Chan i a' cheist ciamar a thàinig sinn gu bhith anns a' chor so, ach cia mar a gheobh sinn as? Chan 'eil iarraidh aig neach sam bith—agus co-dhiùbh tha neach ga iarraidh no nach 'eil, chan 'eil aon sam bith a' creidsinn—gum mair gnothaichean mar tha iad. Ann an aon rathad no rathad eile, cho fad 's is léir dhuinne, féumaidh caochladh a bhith ann. Is e an rud a tha ga 'r dìth gun teid Presbyterianaich na h-Alba ath-aonadh air dhòigh air chor-eigin a chuireadh crìoch air an ole mu 'n robh sinn a' gearan, no a bheireadh a nuas e gus an tomhas is ìsle a bhiodh comasach,—abramaid co-cheangal, no aonadh is doimlne agus is dluithe na sin. Tha toil againn làrach araidh a ruigh-cachd a tha ionmhuinn agus coitcheann duinn uile, air an urrainn duinn aonadh còmhla ann an dèanamh na h-oibre a tha ionmhuinn agus coitcheann duinn uile; agus, gun nì sam bith a tha airidh air a mheas mar fhùrinn bhunabhasaich a leigeil á sealladh, agus a' toirt làn chead do dh' eadar-dhealachaidhnean beachd nach buin do chridhe a' chreidimh no do shlàinte anamannan, gur urrainn duinn, an làthair Dhé, agus le sùil ri sìorruidheachd, a ràdh ri còmh-strithean an àm a chaidh seachad agus ris gach ole a thàinig na 'n lorg—“Leigibh leis na mairbh am mairbh fhéin adhlacadh.”

Is ainneamh a bha uallach dhleasnas riamh air guailleann dhaoine is cudromaiche na a tha a' laighe oirne mar Phresbyterianaich Albannach an diugh. Is e aon de na h-aobharan-misnich is mò a tha againn anns an aimsir chonnsoidich so, mar a tha cogaisean an t-sluaigh air an dùsgadh gu bhith a' faicinn an uile a tha anns mar tha ar n-eaglaisean air an roinn, mar tha an t-iarrras air son aonaidh a' fàs ann am farsaingeachd agus ann an neart ann an ìntinnean na muinntir aig a bheil gu h-araidh gnothach ris a' chùis, agus air an tig a socrachadh air a' cheann mu dheireadh. Tha cridheachan nan uile an geall air aonadh. Tha an Comunn ris an abrar an *Laymen's League* na dhearbhadh soilleir air so. Rinn na coinneamhan a tha air an cumail am fad 's am farsaingeachd air feadh na dùthcha as leith Dìon na h-Eaglais, agus anns a bheil an dìon an còmhnaidh air a thagar le sùil ri ath-aonadh nan eaglaisean—rinn na coinneamhan so cuideachadh mòr ann a bhith a' toirt chùisean a dh' ionnsaidh an t-suidh-cachaidh thaitnich so. Is e ar dòchas gun èinn an fhaireachdainn so. Is e an cumart gun téid cùisean a ro-ghreasad m' am bi ìntinnean an t-sluaigh deas. Cumamaid gu soilleir anns an fhradharc eiod i a' chrìoch mhòr air a bheil ar miann. Is e sin gun rachadh na trì Eaglaisean móra

sin aonadh r' a chéile a tha ag ràdh gun d' thàinig iad uaipe, agus gu bheil iad a' leantainn ri Eaglais Dhùthchail Ath-leasaichte agus Phresbyterianach na h-Alba, mar a chaidh a socrachadh gu h-eagnaidh aig Teachd Rìgh Uilleam agus Ban-rìghinn Màiri. Is ann air an Eaglais sin mar Eaglais Dhùthchail na h-Alba—agus ged a bha i air a h-ath-leasachadh, oighre dligheach na h-Eaglais a bha ann roimh àm an Ath-leasachaidh, agus a bhàrr air sin, oighre dligheach na h-Eaglais a bha ann roimh àm na Pàpanachd—is ann air an Eaglais sin, mar luchd-urrais air son fòghlum spioradail na Rìoghachd, a chaidh a' mbath-mhaoin¹ a bhuilcachadh an toiseach. Is ann aig a làmhan-se a tha riamh greim air a' mhath-mhaoin sin, a mach o na chaidh a mhì-bhuileachadh aig àm an Ath-leasachaidh. Tha ceithir fichead as a' chiad de shluagh na h-Alba comh-cheangailte ris na trì Eaglaisean sin. Is ann aig Presbyterianaich na h-Alba gu léir a tha gnothach ris a' chùis so. Is iadsan an diugh, mar a b' iad aig àm an Ath-leasachaidh agus aig àm Uilleim agus Màiri, Eaglais na h-Alba. Is e a tha uainn dòigh ath-aonaidh a bhios gu coitcheann taitneach leò.

A nis, a chum agus gum biodh an gnothach mar so taitneach, tha aon nì air am féumar ruigheachd, is e sin, gun dèanar e le saor thoil na h-àirimh gu ro mhór is mò de Phresbyterianaich na h-Alba. Is e pòsadh Eaglaisean pòsadh an t-sluaigh a bhuineas do na h-Eaglaisean. Féumaidh aonadh chridheachan a bhith ann; mur bi sin ann cha bhì dad idir ann. Ach riamh roinhe so, agus gu sònraichte ann an Albainn, chan fhacas aonadh chridheachan ga dhèanamh troimh cho-éigneachadh agus a dheòin no dh' aindeoin. Chan urrainn domh aon chaochladh a thachair fad cùrsa ar n-eachdraidh mar rìoghachd, ainmeachadh a bha na chaochladh buan no buannachdor, ma chaidh a sparradh air an t-sluaigh le cumhachd sam bith bho 'n leith a muigh. A' cumail m' ar coinne, ma tà, gu suidhichte, cothromach, gum féum aonadh Eaglaisean, gu bhith na bluannachd, a bhith air a stéidheachadh air gràdh agus comh-thogradh, tha dìreach aon cheist fa chomhair sluaigh na h-Alba. Cìod an rathad is fhasa agus is cinntiche gu faighinn a mach as a' chor mhì-shealbhar anns a bheil cùisean an drast? Cìod e, ma tà, is fhèarr—chan ann air son na h-Eaglais so, no na h-Eaglais ud, ach air son dùthaich ar gaoil? An e an Eaglais a dhì-stéidheachadh agus a maoin a thoirt uaipe? no, an e seòl air chor-eigin eile? Agus ma 's e, c' arson? Bu chòir do 'n t-sluaigh ge b' e taobh air am bì iad, cho fad 's is comasach daibh, gach aomadh-inntinn agus gach claon-bhàigh a chur air chùl, agus sealltainn air an aon cheist so dìreach ann an clàr an aodainn. A nis, na ceileanaid oirnn fhéin an nì so—ged a dh' fhéumteadh prìs mhór a phàidheadh air a shon, gu bheil rud-eigin ri ràdh am fàbhor Dì-stéidheachadh na h-Eaglais, agus tha móran tuilleadh ri ràdh as leith na muinntir a tha ga iarraidh. Tha e na dhòigh aon-fhillte. Tha e na dhòigh iomlan. Tha e éifeachdach anns an t-seadh so—mur 'eil e a' fuasgladh na snaime, tha e ga gearradh. Cho fad 's a tha nàdur an duine mar tha e, cha ruigear a leas ioghnadh a ghabhail gu bheil an suidheachadh cothromach anns a bheil an Eaglais Stéidhichte air a mheas na shìor oilbheum leis na h-Eaglaisean Presbyterianach eile. Tha e a' buileachadh seòrsa de bharrachd oirre a tha mì-thlachdmhor do ionannachd nam Presbyterianach. Tha e a' dùsgadh farmaid nach 'eil, ma dh' fhaodteadh, uasal, ach nach eil mì-nàdurra do 'n duine. Is e rud is fhèarr is urrainn duinn a ràdh mu Dhì-stéidheachadh na h-Eaglais, gu bheil àireamh nach beag de Phresbyterianaich dhìleas, thuingeach, Albanach, nach 'eil a' faicinn rathad sam bith eile a mach as an imcheist a th' ann.

¹ Religious endowment.

Tha aon ni ri ràdh an aghaidh na dòigh so, agus aig an àm so cha ghabh e faighinn thairis air. Tha aon de na seiseachan a thàtar toileach a phòsadh r' a chéile, agus an t-seisc sin an té gu mór is mò dhiùbh, nach aontaich ris. Bho cheann gu ceann de dh' Eaglais na h-Alba, bho 'n thòisich a' chòmh-stri gus a nis, cho do thogadh guth aon neach inbheach air a' chéile no am measg an t-sluaigh, as leith a bhith a' di-stéidheachadh na h-Eaglais. A thuilleadh air sin, tha Eaglais na h-Alba d' an bharail na 'n ceadaicheadh i a bhith air a di-stéidheachadh mar phrìs an aonaidh so, gum biodh i a' dol calg-dhìreach, chan e mhàin an aghaidh a beachdan suidhichte fhéin, ach beachdan suidhichte na h-àirimh is mò de Phresbyterianaich na h-Alba agus de shluagh na h-Alba. Tha i deas gu seòl sam bith fhèuchainn leis an gabh a' cheist socrachadh gu cothromach, ceart,—co-dhiùbh a tha i ceart no ceàrr anns a' bharail so; agus tha i ag ràdh gu bheil i deònach a bhith leagte ris a' bhreith a bheir sluagh na h-Alba. Chan 'eil ach aon dòigh—agus tha i na dòigh a tha comasach gu leòir—anns an ruigeadh Di-stéidheachadh air a' chrìch a tha san amharc, agus is e sin na 'n gluaiseadh cùisean cho bras agus gum biodh an àireamh gu mór is mò de Phresbyterianaich na h-Alba air an glacadh agus air an òmpachadh; agus na 'n tachradh sin bhiodh iad gu nàdurra ag aomadh le chéile. Tha e air ìnneadh dhuinn leis na h-urrachan is àirde gu bheil cùisean a' gluasad mar so. Tha iad ag ràdh ruinn gu bheil Di-stéidheachadh m' ar timchioll anns a' ghaoith, agus gu bheil beachdan an t-sluaigh ag aomadh gu bras ga ionnsaidh. Ma tha sin mar sin, ma tà, is e a theirinn-sa, cuireadh na h-Eaglaisean a thaobh an airm-chogaidh agus an airm-dhìon; cumadh iad ri 'n obair dhlighich fhéin; leigeadh iad leis a' bharail gur e Di-stéidheachadh an aon bhealach troimh am faighear a mach as an àm is a th' ann, fàs ann an sìth gus am bi cùisean abuhich air son an gabhail os làimh; an sin tionndaidhidh ar n-aimhreit gu réite i fhéin, agus chan fhàg i as a déigh frèumh gamhlais no connsachaidh fa chomhair an àm ri teachd. Air bonn Di-stéidheachaidh air a thoirt gu teach mar so gu nàdurra, sìochail, is urrainn duinn aonadh le spéis agus urram do chàch a chéile. Bidh na h-Eaglaisean air an aonadh a chionn gum bi ar cridheachan air an aonadh.

Cha ruig mi a leas ìnneadh do m' luchd-dùthcha gu bheil an dòigh a tha daoine a' fèuchainn an dràst calg-dhìreach na aghaidh so uile. Is i an dòigh sin a bhith a' gairm air cuideachadh an uachdarain shaoghalta, aig a bheil an còmhnaidh cumhachd na làimh-làidir air a chùl, a chum cur as do 'n tionnsgnadh agus do 'n aogas *dùthchasach* sin a bhuineadh do dh' Eaglais na h-Alba riamh o 'n bha Albainn na ròghachd—an t-aon mhodh anns an urrainn do ròghachd, mar ròghachd, a dìlseachd do Dhia a nochdadh. Is i an dòigh a thàtar a' fèuchainn an dràst, a bhith a' gairm a stigh cumhachd an uachdarain shaoghalta, troimh làimh na Pàrlamaid, gu bhith a' sgarachdainn co-cheangail a tha cho sean ris an ròghachd fhéin, agus gus a' chuid is mò de shluagh na h-Alba a cho-èigheachadh gu bhith a' tréigsinn fìrinn bhunaitich air a bheil iad a' greimeachadh gu cogaiseach agus gu teann, agus sochair air a bheil iad a' cur meas mhóir. Cha chreid mi gu bràth gun dèanar a leithid gus am faic mi e. Ach abramaid gun téid leis an oidhirp, gun dùisg sinn madainn air chor-eigin agus gum faic sinn gun d' fhalbh an t-seann Eaglais. Ciod tuilleadh, ma tà? Am bi crìoch air ar buaireasan? Cha bhi iad ach air tòiseachadh, air suidheachadh beatha ùr, agus na 's seirbhe na bha iad riamh. Chuireadh a leithid de ghnòmh elisgeadh air Albainn gu ruig an cridhe, agus dh' fhàgadh e toradh a bhiodh air fhaicinn rè iomadh linn ri teachd. Bhiodh mìltean agus mìltean de shluagh dìleas na h-Alba ga fhaireachdainn mar bhuille tàireil agus neo-dhuineil air a' bhualadh orra anns a'

chridhe agus far an fhasa an cridhe a leòn. Is e thachradh gum biodh am bealach a tha a' sgarachdainn ar n-Eaglaisean Presbyterianach air a dhoimhneachadh air a leithid de dhòigh agus nach biodh e air a lìonadh 'n ar latha-ne, no, theagamh, am feasd. B' i a leithid so de bhuidh, air a cosnadh, mar a shaoilear, ann an aobhar co-chòrdaidh, ruaig a bu chall-daiche a dh' fhuiling an Eaglais Phresbyterianach Albannach riamh rè a cursa ànradaich, ionairtich. Aig a' cheart àm so chan 'eil còmhnaid ann air an lugha a bheil de dh' aonachd-mntinn eadar luchd-giollachd na cùise so na còmhnaid an Dì-stéidheachaidh.

Chan 'eil ùine agam, agus chan 'eil féum air leudachadh air a liugha aobhar a tha aig Eaglais na h-Alba air son a bhith cho aon-sgeulach, daingean, an aghaidh Dì-stéidheachaidh mar mheadhon air son aonachd nan Eaglaisean. Fòghnaidh e dhomh a ràdh gur e bliodh ann a bhith a' tréigsinn gu buileach na làraich air an do thogadh i aig àm an Ath-leasachaidh. Bhiodh e, mar gum b' eadh, na inisg air Iain Knox agus orrasan a lean e, mar nach biodh annta ach baothairean gun toinise a chaith am beatha a' ruagadh taibhse no gòraich. Chuir Iain Knox cath, mar chunnaic sinn, ri Eaglais na Ròimhe, agus bhuaidhaich e. Chaidh an Rìoghachd so aideachadh gu follaiseach mar Rìoghachd Phrotostanaich. An là theid an Eaglais a dhì-stéidheachadh bidh sgèul-thairis air comh-shuidheachadh Protestanach na Rìoghachd, agus, còmhla ri sin, air gach balla-dìon a chaidh a thogail an aghaidh Eaglais na Ròimhe. Bu chòir do shluagh na Rìoghachd so beachdachadh dà uair m' an tilg iad air falbh a h-aon de na ballachan a tha eadar iad agus Eaglais na Ròimhe. Chan 'eil ann ach amaideachd a bhith ag ràdh gun d' fhalbh an là anns am féumadh daoine a bhith air freiceadan an aghaidh na h-Eaglais sin. Chan fhalbh an là sin am feasd.

Falbhaidh, chan e mhàin comh-shuidheachadh Protestanach, ach comh-shuidheachadh Crìosdail na dùtcha—an co-cheangal dlùth a tha eadar an Eaglais agus an Crùn—a bhuannaich gaisgich an Ath-leasachaidh air son prìs cho mòr, falbhaidh sin an là a bheirear air falbh an Stéidheachadh. A ràdh gu bheil eaglais stéidhichte “neo-sgrìobturail” gu bheil i na “bristeadh a stigh air an dlìghe a bhuineas do Dhia,” “a' bristeadh còraichean na cogaise,” “an aghaidh riaghailtean agus eiseimpleirean an Sgrìobtuir,” “an aghaidh òrduighean an t-Sean Tiomnaidh,” “an aghaidh teagasg an Tiomnaidh Nuaidh,” “na dochann do dh' aobhar na diadhaidheachd,” agus “an aghaidh ceartais do 'n t-sluagh”—a ràdh mar so, mar a chaidh a ràdh le ùghdarras aon de na h-Eaglaisean Presbyterianach eile,¹ chan 'eil ann ach cainnt gun choimeas ann an Iadurnas, agus calg-dhìreach an aghaidh cachdruidh, agus an aghaidh na frim. Chan e mhàin gu bheil an Eaglais Shasunnach agus Eaglais na h-Alba, ach, gus o chionn ùine glé ghoirid, tha Eaglais Dé air feadh an t-saoghail, ciontach de na peacannan namhasach sin. Ma tha stéidheachadh na h-Eaglais neo-sgrìobturail agus peacach air an là an diugh, bha e an còmhnaidh neo-sgrìobturail agus peacach. Agus an déigh sin uile, b' e ruigheachd air a' cheart stéidheachadh so sìor iarrtas dian nan daoine a dheilbh Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba. Air a shon so rinn ar n-aithrichean còmh-stri agus ùrnaigh, le fulangais, fuil, agus bàs. Cha robh nì a bu ghéire a thug iad fainear, no a bu do-sgrìtheachadh a shaothraich iad air a shon, na gum faigheadh iad aonta na Pàrlamaid anns gach céum a thug iad. Agus bu mbath a bha fhios aca dé a bha iad a' déanamh. Bha fhios aca air mèud nan sochairean a bha an crochadh ri bhith a' mealtainn na h-aonta agus a' cho-cheangail sin, agus an cunnart mòr agus bagarrach a bha obair an Ath-leasachaidh a' ruith mur faigheadh iad e. Tha e ceart gun rachadh aire slugh na

¹ An Eaglais Phresbyterianach Aonaichte.

h-Alba a tharraing gus an nì so, gur ann do 'n cho-cheangal sin, ann an Albainn agus ann an Sasunn, air a bheilear a nis a' cur a leithid de dhì-meas, a tha sinn an comain, fo fhreasdal Dé, air son nach deachaidh an t-Ath-leasachadh an so agus ann an dùthchannan Protestanach na Roinn Eòrpa, a sgrìos, mar a chaidh a dhèanamh anns an Spàinnt, anns an Eadailt, agus anns an Fluaing, le fuil agus le teine. Bhuadhaich an creideamh Protestanach far an d' fhuair e cuideachadh na h-Uachdaranachd; far nach d' fhuair e sin, chaidh e fodha. Mur bhith an co-cheangal sin— a tha, ma 's fhìor, cho tàmailteach—a rinn an t-Ath-leasachadh a fhrèumhachadh ann an comh-shuidheachadh na Rìoghachd, theagamh nach biodh eachdraidh na h-Alba cho mì-choltach—mar a tha i, taing do Dhia, glé mhì-choltach—ri eachdraidh na Spàinnt. Ach chan e mhàin so. Tha còmh-stri thréubhach àn an Ath-leasachaidh agus àn nan Cùmhnantan a' ruith ann am blàth-fluail sluagh na h-Alba. Coltach ri eachdraidh Blàr Bannockburn, tha i ga 'm fàgail uailleil as an dùthaich d' ann buin iad. Ge b' e dùthaich chéin gus an téid iad, no ciod air bith am bàs a thig orra, tha iad a' giùlan leó eachdraidh na h-Alba sgrìobhte air clàr an eridhe. Tha sinn a' cur an aghaidh Dì-stéidheachadh na h-Eaglais a chionn gun tàirngeadh e spuaic dhubh tarsaing air an aimsir iomraitich sin agus gun sgrìobhadh e oirre—"Tubaist agus mì-shealbh." Bhiodh e a' tionndadh na h-eachdraidh sin bun os cionn, cho fad agus a ghabhadh sin dèanamh. Oir dhubhadh e as Achd an Daingneachaidh, a tha, mar a chunnaic sinn, air a ghabhail a stigh ann am Bann an Aonaidh eadar Albainn agus Sasunn, cho math ris na reachdan móra Albannach sin a chaidh a dhèanamh anns na bliadhnaichean 1560, 1567, 1592, agus 1690—troimh an do bhuannaich an Eaglais, a dh' aindeoin, agus le fuil a eridhe, bho rìghrean agus bho Phàrlamaidean a saorsa ghnètheil, dhligheach. Chan 'eil aon de na reachdan sin nach 'eil air a chlaiseadh gu domhain le cruaidh-ghleachd agus le saothair ar n-aithrichean. Tha iad sgrìobhte ann an seann Leabhar-lagh na h-Alba—tha iad sgrìobhte ann an Leabhar-lagh Impiricheadh Bhreatainn—mar fhianuis agus mar chuimhneachan buan-mhair-eannach, mar a bha e air a rùnachadh gum biodh iad nan dearbhadh agus na 'n toradh sìor-sheasmhach, air gaisge, air gradh-dùthcha, air treidhircas do-thruaillleadh, agus air cruadal gun choimeas nan daoine a choisinn saorsa do dh' Albainn. Is e a dh' aobharaich an Dealachadh anns a' bhliadhna 1843 gun deachaidh bristeadh a stigh, no gun robh daoine am beachd gun deachaidh bristeadh a stigh, air na còraichean a bha air an daingneachadh leis na reachdan sin. Tha iad air an sgrìobhadh ann an litrichean nach gabh dubhadh as, ann an Tagradh nan Còraichean¹ agus ann am *Protest* na bliadhna 1842. An do ghabh sluagh na h-Alba rianh gu eridhe, an uair a tha iad air an comhairleachadh an Eaglais a sgaradh o 'n Chrùn, gur e a tha air iarraidh orra eùl a chur ris na reachdan sin agus an dubhadh gu sìorruidh a mach á Leabhar-an-Lagh. Na bìodhmaid ann an teagamh sam bith mu 'n chùis so. So agaihbh barail Shìr Teàrlach Pearson, Ard-Fhear-tagraidh a' Chrùn ann an Albainn: "Tha mi d' an bharrail reachd sam bith a chum Eaglais na h-Alba a dhù-stéidheachadh gum féumadh e cur as do na reachdan leis a bheil i air a stéidheachadh (an fheadhainn a dh' ainmich sinn gu h-àrd), agus a bhàrr air so, a' chuid sin de dh' Achd an Aonaidh leis a bheil an creideamh Protestanach agus riaghladh Presbyterianach na h-Eaglais air an daingneachadh. Gu bhith a' labhairt gu h-eagnaigh, cha ghabh Achd an Daingneachaidh, a bha air a dhèanamh leis a' Phàrlamaid Albannaich, agus a chaidh a shocrachadh mar aon de phrìomh chùmhntan an Aonaidh, cha ghabh an t-Achd sin cur air chùl gus a bhith a' dèanamh bristidh ann an stéidh an Aonaidh.

¹ The Claim of Right.

Gu dearbh, ann am briathran eagarra, bhiodh an t-Aonadh air a mhilleadh na 'n dèanteadh an nì sin."

Ann am briathran Fir-lagha ainmeil Albannaich a bha a' tionndadh aire gu sònraichte ris na gnothaichean so: "Tha moran ri ràdh as leith a' bheachd gu bheil againn Comh-shuidheachadh sgrìobhte a thaobh Eaglais na h-Alba, agus nach urrainn do 'n Phàrlamaid Bhreatunnaich—a chaidh a chur air chois a réir co-cheangail sgrìobhte anns a bheil stéidheachadh Eaglais na h-Alba mar aon de na cùmhnantan—nach urrainn do 'u Phàrlamaid Bhreatunnaich gu laghail reachd a dhèanamh a bliodh gu tur an aghaidh na prìomh bhunait air a bheil i fhéin air a togail. Tha an nì so cìnnteach, na 'u do sheas ar n-aithrichean a mach air son Cùirt coltach ri Ard-Chùirt Stàidean America, aig am biodh cumhachd a réir an lagha gu bhith a' dearbhadh co-dhiùbh a bhìodh no nach biodh reachd-an na Pàrlamaid a réir cùmhnantan an Aonaidh, bhiodh comas aig a leithid sin de Chùirt breith a thoirt gun robh Achd sam bith air son Eaglais na h-Alba no an Eaglais Shasunnach a dhì-stéidheachadh, an aghaidh Comh-shuidheachadh sgrìobhte na Rìoghachd, agus, uime sin, gun éifeachd agus gun fhéum. . . . Tha tagradh luchd-seasaimh a' Chomh-shuidheachaidh a' tighinn gus a so—a chionn nach 'eil Cùirt ann aig nach 'eil a h-ùghdarras bho 'n Bhan-rìghinn, agus bho Dhà Thigh-Pàrlamaid na Rìoghachd, nach 'eil Cùirt ann aig a bheil cumhachd, a rèir an lagha, gu bhith a' toirt breith gu bheil Achd Pàrlamaid sam bith an aghaidh a' Chomh-shuidheachaidh, agus neo-laghail. A dh'aindeon gach tagraidh a rinneadh na aghaidh, tha aig Ard-chùirt na h-Alba ri géill-eachdainn do Thigh-nan-Morairean, uime sin, le cion uidheam-lagha, ma tha an Rìoghachd gun Chùirt aig am biodh cumhachd a ràdh nach 'eil Achd Pàrlamaid laghail a réir a' Chomh-shuidheachaidh, tha mise o chionn fhada de 'n bheachd gu bheil aobharan làidir ann, eadhon air sgàth iom-chuidheachd na cùise, an aghaidh na Pàrlamaid Bhreatunnaich a bhith a' cur a mach Achd, fo stiùradh a comhairle fhéin a mhàin, chum an Eaglais a dhì-stéidheachadh, aon chuid ann an Sasunn no ann an Albainn. Na 'n stéidhicheadh an t-Ard-Sheanadh a' chùis air Bann an Aonaidh (mar a rinn e), cha bhiodh cumhachd laghail aige na Cùirtean-lagha Breatunnach a bhacadh bho bhith a' cur gu buil Achd a dheanadh a' Phàrlamaid Bhreatunnach, ged bhiodh an t-Achd sin an aghaidh Bann an Aonaidh. Ach tha còir aig an Ard-Sheanadh tagar air son Ràdh-sluaigh, mar is cleachdamh leò ann an Switzerland—is e sin, gun rachadh iarraidh air an t-sluagh, 'Tha' no 'Chan 'eil' a ràdh mu 'n chùis so m' an dèanteadh lagh sam bith m' a déighinn. Tha deagh chòir aig an Ard-Sheanadh iarraidh nach dèan Pàrlamaid Bhreatuinn an Eaglais a dhì-stéidheachadh le Achd Pàrlamaid, na 's lugha na bheir an àireamh mhór d' an t-sluagh gu cìnnteach an guth air a shon."

Chan 'eil toil agam tuilleadh 's a chòir a chur mu choinne a' ghnòthaich sin, a chionn, gu dearbh—co-dhiùbh a bhios e dligheach no neo-dhligheach, ceart no ceàrr—nì a' Phàrlamaid Bhreatunnach an rud a thoilicheas i fhéin. Ach tha e ceart gum biodh fios aig sluagh na h-Alba na 's fheàrr na tha aca mar thà, gum tilgeadh an t-séisd a tha ga cur an dràst, agus a tha iad air an cuireadh gu bhith a' cuideachadh air a h-adhart, air son an Eaglais a dhì-stéidheachadh, gum tilgeadh i gu làr na taobhan a tha a' cumail suas co-cheangal nan Tri Rìoghachdan agus Pàrlamaid na h-Impireachd Bhreatunnaich. Cha bu lugha a leithid de ghnìomh na bhith a' cur riaghladh na Rìoghachd bun os cionn.

Rinn a' Phàrlamaid Bhreatunnach aig aon àm bristeadh sònraichte a thaobh na h-Alba, air Achd mòr an Aonaidh a rinn a leithid de chaochladh sealbhar anns a' cheann tuath so againne d' an Rìoghachd. Leis an nàimhdeas ghluineach sin an aghaidh na h-aidmheil Phresbyterianaich,

nach deachaidh gu buileach air chùl fhathast, calg-dhìreach an aghaidh Bann an Aonaidh, le tàir agus dì-meas air sluagh na h-Alba, agus a dh' aon ghnòthach air son a bhith ga 'm brosnachadh agus a' dèanamh dochair air an Eaglais agus air an dùthaich, dh' ath-shuidhich Pàrlamaid Ban-rìghinn Anna a' Phatronachd anns a' bhliadhna 1712. "Is ann bho 'n bhristeadh so air Bann an Aonaidh" mar is ceart a thuir Mac-Amhladh anns a' Phàrlamaid (8 July, 1845) "a shruth ann an tomhas mór gach eas-aontachd leis an robh Eaglais na h-Alba air a sgoltadh as a chéile, o sin gus a so." Chaidh cur as do 'n Achd dhocharach so anns a' bhliadhna 1874.

Tha aon nì a bhiodh e freagarrach aig a' chéum so a chur fa chomhair sluagh na h-Alba. Ghabh sinn cuid anns a' ghnòthach a chrìochnach ann am Bann an Aonaidh, mar Rìoghachd dhuinn fhéin, agus air a' cheart cho-sheasamh ri Sasunn. A' cheart Achd suidhichte a dhaingnich Eaglais na h-aon Rìoghachd dhaingnich e Eaglais na Rìoghachd eile. C' arson, ma tà, am feadh a tha an darna h-Eaglais air a saoradh, a tha an té eile gu bhith air a leigeil fa sgaoil. C' arson a tha Eaglais Easbuigeach Shasunn dol a dh' fhaighinn gnàthachaidh is fheàrr na Eaglais na h-Alba? ¹

A Bhràithrean agus Ard-Uaislean Urramaich, tha na thuir sinn a' comharrachadh dhuinn gu soilleir, dìreach, bealach is fhasa agus is taitniche a mach as ar duilgheadasan na rathad an Dì-stéidheachaidh. Mar a thuir aon aig a bheil, a thaobh dualchais o shìnsreachd, a thaobh eòlais air eachdraidh, agus a thaobh a dhearbhadh bheachd fhéin, gràdh mór do 'n aidmheil Phresbyterianaich: "Tha rathad is ro-fheàrr fosgailte do dh' Eaglaisean Presbyterianach na h-Alba—agus is e sin: aonadh iad an cuid feachd agus cumadh iad suas an comh-shuidheachadh eaglaiseil fhéin, leis gach sochair a bhuineas da o chian, iomlan, gun bhéud, gun mhilleadh." Is e sin an dleasnas mór a chum a bheil sluagh na h-Alba mar rìoghachd air an gairm gu dùrachdach anns a' chàs ionaguineach so. Ma tha aonadh gu bhith air a dhèanamh idir, còimteach gu leòir cha b' urrainn do nì sam bith a bhith na bu tùrala na gun iarrteadh a bhith ga dhèanamh air

¹ Sgrìobh Presbyterianach inbheach agus urramach ann an Sasunn am ionnsaidh mar a leanas: "Tha mi dearbhte nach b' urrainn nì a bu dìubh-alaihe tachair do 'n aidmheil Phresbyterianaich na gun rachadh an Eaglais agaibhse a sgaradh o 'n Chrùn. Tha, eadhon, sinne, Presbyterianaich Shasunn, a' mealtainn sochair mhóir an co-cheangal ri inbh agus àite ar n-Eaglais, a chionn gu bheil an Eaglais Phresbyterianach air a stéidheachadh ann an Albainn. Nach mór is mò buannachd na h-aidmheil Phresbyterianaich ann an Albainn fhéin leis an inbh a tha i a' mealtainn bho 'n dàimh a tha cadar an Eaglais Stéidhichte agus an Chrùn? Tha mi dearbhte—agus is e so gu sònraichte a thug dhomh an litir so a sgrìobhadh—gun biodh e na bhuille goirt do 'n aidmheil Phresbyterianaich thar aghaidh an t-saoghail (agus na bhuanachd mhóir do 'n aidmheil Easbuigich) na 'n rachadh a dì-stéidheachadh ann an Albainn, am feadh a bhiodh an Eaglais Shasunnach air a cumail ceangailte ris a' Chrùn. Tha aon nì soilleir dhòmhsa, co-dhìubh a thachras Dì-stéidheachadh no nach tachair, nach bu chòir an Eaglais a dhi-stéidheachadh ann an Albainn gus an rachadh, aig a' cheart àm, an Eaglais a dhi-stéidheachadh ann an Sasunn. Dé a thachradh na 'n dèanteadh an t-atharrach? Chì duine beachdail sam bith, na 'n tachradh sin, gun rachadh mórán de na Presbyterianaich Albannach, chan e mhàin a mach as an Eaglais Stéidhichte, ach as na h-Eaglaisean eile cuideachd, a tha a' creidsinn ann an eaglais stéidhichte, a stigh do 'n Eaglais Shasunnach—a chionn, ged nach 'eil i air a stéidheachadh ann an Albainn, gum b' i an sin an aon Eaglais a bhiodh air a fàgail mar thaisbeanadh air Eaglais Stéidhichte anns an Rìoghachd."

an dòigh sin anns am bu lugha a bhiodh de dhuilgheadas, agus anns an dòigh sin a bu lugha a dhèanadh de dhragh, de dh' aimhleas, agus de chall. Chan 'eil ach aon chùrsa d' an ghnè so ann. Is e sin cùrsa eachdraidh na h-Eaglais Albannaich, an cùrsa a réir an robh an eachdraidh sin a' ruith aig àm an Ath-leasachaidh, agus air a bheil i a' ruith gus an là an diugh, agus troimh a bheil ar seann oighreachd agus ar ceangal dùthchasach agus ar beatha air an sìneadh a nuas duinn gun bhristeadh. Is e sin aonadh air stéidh Eaglais na h-Alba mar a chaidh a deilbh troimh 'n Ath-leasachadh, mar a dh' fhàgadh i aig àm Rìgh Uilleam agus Ban-rìghinn Màiri, agus ann am Bann an Aonaidh eadar Albainn agus Sasunn, m' an do thachair sgaradh sam bith na cuid sreathan, agus mar a tha i fhathast air a cuimhneachadh le gràdh agus le urram nan uile, a niach, theaganh, o aona bhuidhinn bhig, ghramail, de Phresbyterianaich Ath-leasaichte, aig a bheil 1171 de luchd-comanachaidh. Na 'n robh sluagh na h-Alba an diugh cho eòlach 's a bu chòir dhaibh a bhith, air fad agus cruadhs na còmh-stri troimh an do bhuannaich ar n-aithrichean stéidh-eachadh na h-Eaglaise Presbyterianaich, bhiodh iad na b' fhaide eadhon na thà iad an aghaidh a bhith ga thilgeil air falbh.

Tha mì a' tagar air son Eaglais air a h-aonadh air an t-seann làraich agus an làraich Sgrìobturail so. Ghleidheadh a leithid so de dh' Eaglais, air son buannachd nan ginealach ri teachd, na h-oighreachdan luachmhor a thàinig a nuas oirnn bho ghaisge agus bho mhòralachd na h-aimsire éicìn. Chumadh i air mhaireann an t-aideachadh a tha an Rìoghachd a' dèanamh air a' chreideamh. Chumadh i aice a saorsa spioradail, agus a riaghladh agus a cumhachd neo-eismeileach fhéin, a bhuidhinn i le saothair cho mór. Ghleidheadh i Aidmheil a' Chreidimh far a bheil i, air a sgrìobhadh ann an Comh-shuidheachadh na Rìoghachd, far a bheil aice seasmhachd cho math ri ioma-fhreagarrachd do na h-uile. Ghleidheadh i maoin nan sgìreachdan agus dhaingnicheadh i an seann seòl-cuallachd air cearnaidhean agus air sgìreachdan fa-leith na h-Alba—an dòigh is fheàrr a chaidh riamh a shuidheachadh gu bhith a' frithealadh do dh' uireasbhuidhean spioradail dùthcha fo 'n ghréin. Leighiseadh i an dochair chruaidh a tha a' sruthadh o thuilleadh sa' chòir de dh' eaglaisean a bhith anns an dùthaich. Dhèanadh i gach nì is fheàrr a tha anns na trì Eaglaisean, agus, aig a' cheart àm, dh' fhàgadh i cùrsa saor aca gu bhith a' cur gu buil nam buadhan eag-samhladh a bhuineadh dhaibh fa leith. Chuireadh i cùbhraidheachd ann an anail-cléibh na h-Alba. Chitheadh Albainn latha buaidh agus caithreim, agus "pailte tre mhóran breith-buidheachais do Dhia."

Bhiodh e ro thràth dhuinn, agus cha bhiodh e glic, a bhith a' fèuchainn ri suidheachadh coimhlionta a dhèanamh air a' chruth a ghabhadh an Eaglais an déigh an Aonaidh. Ach chaidh seòladh luachmhor no dhà a thairgseadh a tha airidh air gun seallamaid orra gu cùramach. Mar aon nì, is gann a ruigear a leas a ràdh gum biodh ministearan nan Eaglaisean gu léir a ghabhadh cuid anns an Aonaidh air an cur air an aon ruith. Chaidh a' cheist so a chur: "Am biodh e ann an tomhas mór eas-aoutach ri cleachdamh suidhichte Eaglais na h-Alba na 'm fèuchamaid ris na h-Eaglaisean sin, *dirrach mar thà iad*, a chur air an aon bhonn ris na h-Eaglaisean againn fhéin, cho fada agus a b' urrainn duinn an cothrom sin a bhuidhinn daibh, air alt agus, am feadh a bhiodh iad a' sealbhachadh an céudnachd agus an riaghlaidh fhéin fa leith, gum biodh iad air an aideachadh leis an Uachdaranachd a bhith co-cheanailte ri Eaglais na h-Alba no na 'n cuibhrinn de dh' Eaglais na h-Alba?" Tha cuid d' an bharail gu 'm b' e an "stéidh-aonaidh a b' fhasa gu léir a bhith a' dèanamh ministearan na h-Eaglaise Saoir agus na h-Eaglais Presbyterianaich Aonaichte na 'n co-mhinistearan do mhinistear

na sgìreachd, ach ann an eaglaisean air leth.” Chan fhaic mi gu bheil duilgheadas sam bith anns na dòighean a tha air an aimeachadh leis an duin'-uasal a tha air ceann Earrann na h-Eaglaise Saoir de 'n bhuidhinn a chaidh a shònrachadh leis an *Laymen's League* gu bhith a' gabhail cùis an Aonaidh os làimh. Cha bhiodh e duilich Achd fhaighinn a bheireadh cumhachd do 'n Ard-sheanadh ge b' e atharrachadh a mheasadh e iom-chuidh a dhèanamh anns na coimhthionalan agus anns na sgìreachdan. Bhiodh an solar mór a tha an Eaglais Shaor a' dèanamh air a chuid-eachadh gu mór leis an Eaglais Stéidhichte, agus b' fheàrrd ise gu mór, air an laimh eile, modh nan saor thabhartasan a bhith air alpadh le dòigh-ullachaidh nan sgìreachdan. Gun teaganh sam bith chan 'eil an so ach oidhirpean gun snaidheadh gu bhith a' nochdadh dé a dh' fhaodteadh fhèuchainn, ach tha iad a' comharrachadh a mach na stéidh air am faodteadh atharrachadh a dhèanamh a bheireadh còmhla sinn gu léir, a lìon beag is beag, a chuireadh as, trid ùine, eaglaisean far an robh tuilleadh 's a' chòir dhiubh ann, a thogadh ministearan comasach á àiteachan far nach 'eil féum orra gu àiteachan eile far a bheil féum orra, a mhèudaicheadh gu mór a' bheòlaidh bhochd a tha aca an dràst, agus a bhiodh na bhuanachd agus na bheannachd dhuinn gu léir. Tha na comhairlean so a' còrdadh ris na beachdan tha mi ag altrum o chionn bhliadhnaichean. Cha b' urrainn domh riamh a bhreithneachadh c' ar son nach b' urrainn do na trì Eaglaisean móra Presbyterianach, clann na h-aona mhàthar, agus cho coltach r' a chéile air modh sònraichte no dhà, amas air seòl air chor-eigin gu bhith a' tighinn beò an comaidh, gun iomradh air Dì-stéidheachadh—seòl troimh am faodadh iad, am feadh a bhiodh gach eaglais a' leantainn agus a' cleachdamh a beachdan cag-samhla fhéin, a bhith a' comhnuidh fo 'n aon fhàrdaich mar aon teaghlach sona leis an Tighearna.

Tha na tairgseachan a chaidh a dhèanamh cheana le cuid de na daoine is inbhiche anns an Eaglais, araon ministearan agus sluagh, a' nochdadh nach 'eil bacadh no cion toil air taobh Eaglais na h-Alba an aghaidh a bhith a' roinn a cuid sochairean air a bràithrean Presbyterianach, air ghaol gun rachadh na h-Eaglaisean aonadh r' a chéile. An cuir i uaipe na sochairean? Cha chuir! A bheil i toileach an roinn? Tha! gus an fheòrling dheireannaich. Anns a' bhliadhna 1878, chuir an t-Ard-Sheanadh teachdaireachd a dh' ionnsaidh nan Eaglaisean eile, a' cur an céill gun robh iad deònach gun rachadh “coinne agus còmhradh furanach, càirdeil, a chumail mu thimchioll nan aobharan a tha a' bacadh nan Eaglaisean eile bho bhith a' mealtainn roinn de 'n t-seilbh a tha air earbsadh leis an Uachdaranachd ri Eaglais na h-Alba.” Dhiùlt na h-Eaglaisean eile gu suairce ach gu daingean a leithid sin de choimhe. Anns a' bhliadhna 1879, chuir an t-Ard-Sheanadh a ris an céill gun robh iad “gu mór a' miannachadh a bhith a' cur air adhart aonadh nan Eaglaisean.” Anns a' bhliadhna 1886, rinn iad an nì céudna, chan e mhàin ann am briathran ach ann an gnìomharan; rinn iad Achd comharrachichte, ged nach 'eil fhios aig móran an taobh a muigh d' an Eaglais againn fhéin m' a thimchioll, troimh a bheil a nis cead agus comas aig eaglais sgìreachd a bhios gun mhinistear, aon de mhinistearan suidhichte té sam bith de dh' Eaglaisean Presbyterianach eile na h-Impireachd, a tha ag aideachadh na h-aon aidmheil-creidimh, na h-aon uachdaranachd, agus an aon oideis ris an Eaglais so, a thaghadh, òrduchadh, agus a ghairm mar mhinistear na sgìreachd.

Cha mhò a bu chòir do 'n mhàoin a tha an Eaglais a' mealtainn troimh na deachamh an lorg a co-cheangail ris a' Chrùn, a bhith na 'm bacadh aon chuid a thaobh aidmheil no cleachdaimh. A thaobh aidmheil tha am barantas is àirde againn—barail Shelden—air son a ràdh gun d' thàinig a' mhàoin agus na deachamh a tha aig an Eaglais Shasunnaich—agus tha an nì céudna fìor a thaobh na h-Alba—bho shaor thabhartasan dhaoine

sònraichte fa leith, agus gun robh iad air an aideachadh mar mhaoin na h-Eaglais. Tha Erskine ag innseadh dhuinn “gun robh na deachamh, a réir a’ chiad shuidheachaidh a chaidh a dhèanamh, gu tur eadar-dhealaichte bho ’n fhearann ; oir cha bhuincadh iad do luchd-seilbh an fhearainn ach do ’n Eaglais, agus thàinig iad o thoiseach bho ’shaor thiodhlacan a chuireadh air leith le daoine air son aobharan-cràbhaidh.” “Ge b’ e air bith a chuireas daoine an teagamh,” arsa Moraire Selborne, “tha so dearbhte, nach buineadh na deachamh riamh do ’n Uachdaranachd. Cha bhuineadh iad riamh do chùisean coitcheinn na Rìoghachd agus cha robh iad air an t-arraing o na cùisean sin, agus cha mhò a chaidh an tagar mar chuid de mhaoin na Rìoghachd riamh le reachd Rìgh no Eaglais.” Is ann do dh’ oidhirpean gun sgèitheachadh gaisgich an Ath-leasachaidh, troimh ciad choinneamhan an Ard-Sheanaidh a tha sinn fo chomain air son a’ bheagan beòlainn cléire a chaidh a shaoradh air son sluagh na h-Alba. Tha an spùinneadh maslach a rinneadh air cuid agus còir na h-Eaglais le uaislean an là sin na spuaic cho gràineil ’s a tha air eachdraidh na Rìoghachd, agus is glé mhath a thoill e gach cruaidh flacal a chaidh a ràdh m’ a thimchioll. Ach is e a tha gu sònraichte againne ri chomharrachadh a mach, a’ chòmh-stri dhian agus ghoirt a riun Knox agus a bhràithrean aig an Ath-leasachadh, rè a’ chiad seachd bliadhna cianail ud, m’ an do bhuidhinn iad an t-suim thruaillidh a fhuair iad. Is gann a bha coinne Ard-Sheanaidh bho thoiseach gu deireadh nam bliadhnaichean sin, anns nach do rinneadh oidhirpean a rìs agus rìs, agus anns nach robh gearan cruaidh ga dhèanamh mu ’n teanntachd agus a’ ghainne a bha a’ chléir a’ fulang. Cha robh buidheann dhaoine riamh a b’ fheàrr a thoill urram an dùthcha na ministearan an àma sin, agus an déigh sin nìle, tha muinntir a bha san làthair ag innseadh dhuinn gun robh cuid diùbh a’ dol bàs—“na ’n laighe ann an éiginn, a’ caitheamh as le fuachd agus le acras.” Rinn Ard-Sheanadh na bliadhna 1564 tagar “gum faigh na ministearan am beòlainn araon air son an àm a chaidh seachd agus an àma ri teachd, a chum agus nach bi iad a’ tighinn beò na ’n luchd-déire mar tha iad an dràst.” Tha Ard-Sheanadh na bliadhna 1566 a’ gearan gu goirt a bhith “a’ faicinn *oighreachd na h-Eaglais* ga glacadh agus ga caitheamh gu h-éucorach air nìthean diamhain, le daoine aig nach ’eil drèuchd sam bith ann an Eaglais Dhé, am feadh a tha na ministearan a’ dol a dhìth leis a’ ghort, na bochdan a’ dol bàs le acras, na sgoilean a’ crìonadh as, agus na h-eaglaisean a’ tuit-eam gus an làr.” Rinn Pàrlamaid na bliadhna 1567 a bhullich an Stéidh-eachadh air an Eaglais, a beòlaindean bochda ath-aiseag dhi. Ann an labhairt mu na triana de mhaoin na h-Eaglais a chaidh ath-aiseag dhi anns an Dùdlachd, 1561, tha an t-Achd ag ràdh : “A chionn gun robh na ministearan air an spùinneadh d’ an cuid teachd-an-tìr, air alt agus gu bheil iad air tighinn gu gainne agus bochdainn . . . uime sin, tha an Rìgh air combairle a Thàimistir agus Trì Buidhnean na Pàrlamaid so, ag òrduchadh agus a’ suidheachadh gum bi uile thriana uile mhaoin-eaglais na Rìoghachd so a nis agus o so a mach air am pàidheadh an toiseach do mhinistearan soisgeul Iosa Crìosd agus do na ministearan a thig na ’n déigh, *gus an t-àm anns am faigh an Eaglais làn sheilbh air a cuid dhùghich fhéin, is e sin na Deachamh.*”

Gun abradh aon sam bith a bha eòlach air eachdraidh an Ath-leasachaidh, mar a chaidh a ràdh o chionn ghoirid ann an litir, air a ceadachadh agus air a sgrìobhadh leis an Eaglais Shaoir, gur “e a tha anns na deachamh cìs a tha air a togail as an fhearann le ùghdarras an lagha,” is mìosa e na bith a’ cur aogais mhealltaich air an fhìrinn, agus a’ dalladh sùilean an t-sluaigh. Is ionann e agus a bhith a’ cur maslaidh air cliù ar n-aithrichean agus air éuchdan gaisgeil ciad chàirdean an Ath-



Leasachaidh ; a chionn gu bheil e a' nochdadh nan oidhirpean a rinneadh leòsan air son gréim fhaighinn air na deachamh mar oidhirpean air son a bhith a' glacadh an nì sin air nach robh còir aca. Tha e ga 'n nochdadh mar bhleidirean tràilleil, na 'n seasamh le 'm boineid na 'n làimh, a' bualadh aig doras-mór an Rìgh, agus ag iarraidh na déirce—chan ann mar fhiùbhaidhean àrd-inntinneach a' tagar air son an codach fhéin a chaidh a "spùinneadh" uapa. Ma tha e déistinneach a bhith a' léughadh eachdraidh na còmh-stri troimh an do dhaor-cheannaich ar n-Aithrichean criomag bhochd de mhaoin na h-Eaglais, tha e mórán na 's déistinniche a bhith ag éisdeachd ris na h-ionnsaidhean mì-airidh a tha ga 'n toirt anns na làithean so gu bhith a' sgarachdainn bho 'n chreideamh an nì sin a chosd e cho daor dhaibhsan a bhuannachd. Tha an dream a tha a' toirt nan comhairlean sin a' tighinn an dlùths cunnartach air a bhith, mar thuirt Iain Knox ann am briathran làidir a latha fhein, na 'n "luchd-réubainn gun iochd air an Eaglais," agus "ciontach de chionta na mèirle." Bha Aindrea Melville ainmeil, a thàinig as a dhéigh, a' h-uile buille cho teann orra. Ann an Darna Leabhar an Oilein tha "uile sheilbhean agus uile mhaoin na h-Eaglais," ge b' e gnè d' a bheil iad—gach sìon a bhà no a bhios as a dhéigh so air a bhuileachadh air aobhar Dhé—fearainn, aitreabhan, 's an leithide sin ; deachamhnan, tighean agus fearainn mhinistearan, 's mar sin sìos," air an gabhail a stigh fo 'n ainm "oighreachd na h-Eaglais" agus tha "a bhith a' gabhail cuibhrinn sam bith de dh' oighreachd na h-Eaglais air mhodh mi-laghail, agus a bhith ga chur gu buil shònraichte agus agus mli-dhiadhaidh neach sam bith," air a mheas na "*mhi-naomhachd ghràineil an làthair Dhé.*"

Leis nach robh anns na deachamh o thoiseach ach saor thabhartasan, agus nach robh iad riamh air am buileachadh leis an Uachdaranachd no le rìghrean an ainm na h-Uachdaranachd, chan 'eil annta ach calpa nan saor thabhartasan sin, agus chan 'eil de dh' eadar-dhealachadh eadar iad agus na tiòdhlaean airgid a tha air an toirt do dh' Eaglais na h-Alba agus do dh' Eaglaisean eile na 'r latha fhéin ach gu bheil ùine mórán na 's fhaide o' n chaidh an cur mu seach. Tha 372 de dh' eaglaisean-sgìreachd ann an Eaglais na h-Alba air an cumail suas le maoin a chuireadh air leith le càirdean na h-Eaglais 'n ar latha fhéin, agus 317 de choimhthionalan nach 'eil an earbsa ri maoin sam bith cùl na làimhe. Tha teagasg aidmheil-creidimh na Rìoghachd anns na sgoilean a tha air an cumail suas á airgid na Rìoghachd an aghaidh beachdan nan *Voluntaries* ; chan 'eil pàidheadh Eaglais na Rìoghachd aon mhìr na 's fhaide an aghaidh nam beachdan sin na an cuideachadh a tha air a tharraing o 'n dìleib mhóir a dh' fhàg Mr Mac-Fhearghuis.¹ Dh' fhaodadh amharusan sam bith mu 'n chùis so a bhith air an cur a thaobh leis a' Phàrlamaid. A thuilleadh air so, tha sinn gu làidir am fàbhor modh nan saor thabhartasan taobh ri taobh ri maoin-thaisgte,² mar mheadhon air son cumail suas na ministrealachd, agus tha gach là ga fhàgail na 's soilleire dhuinn gur e an dà mheadhon còmhla dòigh is fheàrr. Ma tha sinn a' faicinn dochair mhóir a' sruthadh o mhodh nan saor thabhartasan a mhàin, tha dochair mhòr air an làimh eile a' sruthadh bho bhith gu buileach an earbsa ri taice o mhaoin-thaisgte. Ma tha am ministear gu h-iomlan an crochadh air a shluagh air son an arain a tha a' cumail suas a theaghlach, chan 'eil e coltach gum bi e cho neo-eismeileach ann a bhith a' cur an céill fhìrinn-ean nach bi taitneach leo ; ma tha e neo-ar-thaing d' an t-sluagh air son a bheòlainn, chan 'eil e coltach gum fàg sin an lundaire gnìomhach. Bhiodh farsaingeachd gu leòir anns an Eaglais an déigh an aonaidh air son mhinistearan agus choimhthionalan nach robh a' creidsinn ann am modh

¹ The Ferguson Bequest.

² Endowment.

na maoin-thaisgte agus leis am b' fheàrr cuideachadh saor thabhartasan an t-sluaigh a mhàin. Chan fhaod e bhith gu bheil an t-eadar-dhealachadh beachd so cho mór agus gun cùm e o chéile sinn, no gun dealaich e sinn aon uair 's gum bi sinn air ar n-aonadh r' a chéile.

Air taobh na h-Eaglaise Stéidhichte, cho fad 's is fhiosrach i, chan 'eil nì sam bith, na breith, na h-eachdraidh, sgrìobhte no gun bhith, na firinnean bunaiteach, na modhannan, agus na h-oidhirpean, agus na dòchas, agus na rùintean, a chuireadh bacadh ann an rathad aonaidh air an stéidh a chaidh a leagail aig Teachd Rìgh Uilleam agus Ban-rìghinn Màiri anns a' bhliadhna 1688. Ma thà, tha i deònach gun rachadh a thoirt as an rathad le bhith a' gairm air a' Phàrlamaid sin a dhèanamh.

A thaobh na h-Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte, ge b' e air bith beachd a dh' fhaodas a bhith aig a' cuid ministearan agus a luchd-comanachaidh a nis mu iomchuidheachd no mu Sgrìobturalachd eaglaisean stéidhichte, chan 'eil modh nan saor thabhartasan a mhàin mar fhìrinn bhunaitich, agus cha robh robh e riamh, na chuibhrinn d' a comhshuidheachadh, no na bhéid-comanachaidh, agus cha robh buntainn san bith aige ri aobhar a dealachaidh bho Eaglais na h-Alba. Ged nach urrainn duinn ar cluasan no ar sùilean a dhùnadh ris na chaidh a ràdh agus a dhèanamh leatla, chan 'eil a' chùis eadhon anns an Eaglais sin gun chomharraidhnean a tha a' gluasad ar dòchais. Cha chomharra faoin e gun dèanadh mìle d' a luchd-comanachaidh, agus na 'm measg sin cuid de na daoine is inbheiche a' bhùineas dì, iarrtas dùrachdach gun sguirteadh de bhith a' gairm air làimh na Pàrlamaid, agus a' cogadh an aghaidh Eaglais na h-Alba. Rinneadh an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte anns a' bhliadhna 1847 le bhith a' pòsadh r' a chéile Eaglais an *Secession* agus Eaglais an *Relief*, "d' am b' éiginn le chéile" mar a thuirt ùghdar fiosrach agus comasach an leabhair sin, "Eaglais na h-Alba,"¹ "gabhail gu modh nan saor thabhartasan air son a bhith a' cumail suas an aobhair. An cùrsa aimsireach dh' fhairich iad gun robh am modh sin a fógluachdainn d' an uireasbhuidhnean. Is e bu deireadh gun d' àrdaicheadh an diù-gun-roghainn so le cinn-iùil na h-Eaglais e gu bhith na chuibhrinn d' a h-aidmheil." Leanamaid an dà shruth so car ùine bhig. Ge b' e air bith cho cùramach 's a bhios neach nach teid e am mearach, chan 'eil e dillich do neach e fhéin a chall am measg a liugha car agus tionndadh tha na sruithean a' cur dhiùbh. Is ann rud-eigin mar a leanas, ma tà, a thachair cùisean :—

B' e a' chiad Dealachadh dealachadh Ebenezer Erskine agus a luchd-leanmhainn, a dh' fhàg an Eaglais anns a' bhliadhna 1733, aig a' cheart àm a' togail an cùis gu "ciad Ard-sheanadh saor, dileas, agus aithreachail" Eaglais na h-Alba. B' e cùl-sleamhnachadh an àma sin agus am farran a bha ag éirigh bho lagh na Pàtronachd a dh' fhuadaich a mach iad. Cha romh gnothach sam bith aig Stéidheachadh na h-Eaglais ris. A réir mar tha Dr M'Elvie ag innseadh dhuinn, bha cóig agus dà fhichead coimhthional, no mar tha Dr M'Kerrow ag ràdh, dà-choimhthional-dhéug-air-fhichead ann an Eaglais Erskine anns a' bhliadhna 1747. Anns a' bhliadhna sin chaidh an eaglais a sgoltadh na dà bhloidh thànais air na bóidean a b' fhéudar do gach bùirdeasach a bhith a' gabhail air fhéin. Ghabh an darna buidheann—a bhuidheann a bu mhò, tha sinn an duil—an t-ainm, an Seanadh Co-aontach;² agus a' bhuidheann cile an t-ainm an Seanadh Coitcheann agus Co-aontach.³ As a dhéigh so chaidh gach aon de na buidheann sin a roinn na dà earrainn a ris. Thachair so mu dheireadh

¹ "Our National Church."

² The Associate Synod—also called the Burgher Synod.

³ The General Associate Synod—also called the Anti-Burgher Synod.

na linn a chaidh seachad. Air do 'n dà bhuidhinn a dh' ainmich sinn gabhail os làimh a bhith ag atharrachadh "Fianuis" na h-Eaglais, chaidh gach aon d' an dithis a sgoltadh as a chéile a rìs, agus air son nan aon aobharan. Anns a' bhliadhna 1795, thòisich iarrtas anns an t-Seanadh Cho-aontach air son a bhith a' lasachadh aidmheil na h-Eaglais a thaobh cumhachd an Uachdarain ann an cùisean spioradail. Mhair so gus a' bhliadhna 1799, an uair a dh' aontaich an Seanadh ri reachd "ag àicheadh co-èigneachaidh de gach gnè ann an cùisean spioradail." Mar thoradh air a' chéum so, chuir an earrann a bu lugha, ceithir-air-fhichead coimhthional, a suas mar eaglais air leith fo 'n ainm *Original Burgher Presbytery*, no, *Old Light Burghers*. Anns a' bhliadhna 1805 ghabh iad an t-ainm *Old Light Burgher Synod*. Bha iad a' còmhach gun robh "Fianuis" na h-Eaglais, an déigh an atharrachaidh a chaidh a dhèanamh, a' cur cùl ris an aidmheil a rinn Eaglais Erskine o thoiseach, gum bu choir do chumhachd a bhith aig an Uachdarain ann an cùisean spioradail. Bha an earrann a bu mhò ag àicheadh gun robh so air a chiallachadh anns an atharrachadh a rinneadh air an "Fhianuis," agus chuir iad an céill gu daingean nach robh toil aca a bhith ag àicheadh cumhachd an Uachdarain ann an cùisean sin. Is e na bha iad a' ciallachadh le bhith a' lasachadh na h-aidmheil a thaobh "co-èigneachaidh ann an cùisean spioradail," nach robh iad ag iarraidh air fòghlumaich agus air ministearan na h-eaglais aideachadh a dhèanamh air gun robh còir aig an Uachdarain a bhith a' craobhsgeoileadh a' chreidimh leis an làimh-làidir no a bhith a' cur mhearachdan-ereidimh fodha le peanasan agus le lagh na Rìoghachd. Sgrìobh Dr Peddie nach maireann, anns a' bhliadhna 1800, mar so: "Aidichidh an Seanadh Co-aontach gu bheil stéidheachadh eaglaisean laghail agus ionmholta. Cha d' àicheadh iad riamh so." Coma co-dhiùbh, sheas an earrann a bu lugha r' am beachd fhéin mu 'n atharrachadh a rinneadh anns an "Fhianuis," agus, mar a chunnaic sinn, chuir iad suas eaglais air leith. Rud-eigin air a' mhodh chéudna thachair roinn am measg na buidhne eile—an Seanadh Coitcheann agus Co-aontach—anns a' bhliadhna 1806, an uair a ghabh an earrann a bu lugha, agus Dr M'Crìe—eachdraiche a chuir Albainn fo chomain nach bu bheag—air an ceann, an t-ainm *Constitutional Associate Presbytery*, no, *Old Light Anti-Burghers*, agus iad a' cur an céill gu teann, daingean, an aidmheil as leith eaglais stéidhichte. Tha againn an so, ma ta, ann an ciad bhliadhnaichean na linn so dà eaglais nam *Burghers* a' cur an céill laghalachd eaglais stéidhichte, agus an darna earrann a' dealachadh bho 'n earrainn eile a chionn nach robh i a' togail fianuis làidir gu leòir mu chumhachd an Uachdarain ann an cùisean spioradail. Tha againn, cuideachd, an so, dà eaglais nan *Anti-Burghers* a' dealachadh bho chéile air son an aobhair chéudna. An déigh a bhith dealaichte fad trì-déug agus trì fichead bliadhna chaidh an dà phrìomh roinn de dh' Eaglais Erskine—an Seanadh Co-aontach (na *Burghers*) agus an Seanadh Coitcheann agus Co-aontach (na h-*Anti-Burghers*) comhladh a rìs agus ghabh iad mar ainm, *The United Associate Synod of the Secession Church*. Chan 'eil fios cho math 's a bu chòir aig daoine gun do thill Seanadh nan *Old Light Burghers* a ghabh an t-ainm an Seanadh Co-aontach—no a' chuid bu mhò dhiùbh—air an ais do 'n Eaglais Stéidhichte anns a' bhliadhna 1839. Rinn iad so a chionn, mar chuir iad fhéin an céill, gun robh ceartas an tagraidh a rinn Erskine a nis air aideachadh leis an Eaglais sin, agus nach robh aobhar tuilleadh air son iad a bhith a' seasadh a mach, do bhrìgh gun robh iadsan, dìreach mar bha Ebenezer agus Ralph Erskine agus an luchd-leanmhainn, ag aideachadh gum b' e dìleasas an Uachdarain a bhith a' cumail suas agus a' craobhsgeoileadh na firinn. Is ann air taobh na h-Eaglais sin fhéin a thòisich an togradh gu bhith a' tilleadh ris an Eaglais Stéidhichte. Anns a' bhliadhna 1839,

rinn an t-Ard-Sheanadh Achd a' cur an cèill, "Do bhrìgh gu bheil an Seanadh Co-aontach gu cridheil a' creidsinn mar tha sinu fhéin, gu bheil stéidheachadh eaglaisean na nì ceart agus laghail, agus gur e ar dleasnas mar rìoghachd agus mar dhaoine fa leith a bhith ag aideachadh an Dé fhìor, . . . tha an an t-ard-Sheanadh ag òrduchadh agus ag àithneadh gum bi uile mhinistearan an t-Seanaidh Cho-aontaich, cho math r' an cuid coimhthionalan ann an Albainn, a tha ag iarraidh a bhith air an ceangal ri Eaglais na h-Alba, air gabhail riutha a réir an iarrtais." Is e a thachair na lorg so gun do cheangail deich-coimhthionalan-fichead iad fhéin ri Eaglais na h-Alba. A bheil aobhar ceart no dealbhach sam bith, ma ta, air son nach tachradh an dràst an rud a thachair roimhe?

Seallamaid a nis air a' mhèur eile de 'n Eaglais an do chinn an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte. Anns a' bhliadhna 1752, a thaobh ainneart na Patronachd bho 'n d' iarr e faothachadh, chuir an t-Urramach Tomas Gillespie, ann an Carnock, cùl ri Eaglais na h-Alba, agus chuir e suas Eaglais an Fhaothachaidh, no an *Relief*, cha b' ann air son aobhargearain sam bith an aghaidh na h-Eaglais mar eaglais stéidhichte ach "a mhàin an co-cheangal ri bhith a' tagar gun robh còir aig coimhthionalan am ministearan fhéin a thaghadh." Eadar a' bhliadhna 1835 agus a bhliadhna 1839, dh' eirich cùis ann an cùirtean an lagha; b' i sin cùis Eaglais Cheann-loch Chille-Chiarain. B' e a bha ann comspoid eadar ministear agus coimhthional d' an *Relief* mu aidmheil na h-Eaglais a thaobh eaglaisean stéidhichte. An àm a bhith a' cur an cèill breith na cùirte thuirt am Breitheanair mar so: "Tha cudrom na fianuis a' dearbhadh gun robh Eaglais an *Relief*, a réir stéidh a comh-shuidheachaidh, gun teagamh, ag aideachadh laghalachd eaglais stéidhichte, agus gu sònraichte Eaglais na h-Alba mar tha i air a stéidheachadh leis an lagh. Agus tha e gu h-àraidh ri thoirt fainear nach 'eil a' cheist a' buntainn a mhàin ri barail shònraichte sam bith mu laghalachd no nì-laghalachd, mu fhallaineachd no nì-fhallaineachd choitcheann an teagasg sin, an co-cheangal ri riaghladh no oilean sluaigh, ach ri laghalachd no nì-laghalachd eaglaisean stéidhichte air bonn Sgrìobtuir; agus bha e do 'n bharail gun robh an fhianuis sin a' nochdadh gu soilleir nach robh teagamh sam bith ann an Eaglais an *Relief* an uair a chuireadh air chois i mu 'n chùis sin mar chuibhrinn de dh' aidmheil a creidimh." Tha sinn mar so a' faicinn cho faisg oirnn ris a' bhliadhna 1839, aon de na h-eaglaisean a tha a' dèanamh suas na h-Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte, a réir breith Ard-chuirt na Rìoghachd, "a' taisbeanadh gu saor a réir stéidh a comh-shuidheachaidh na ceart aidmheil ri Eaglais na h-Alba, mar tha i air a stéidheachadh leis an lagh." Cha ruigear a leas ach ainmeachadh gu bheil an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte an còmhaidh a' cumail ris a' bhreith a thugadh anns a' bhliadhna 1800, gum biodh cumhachd an Uachdarain shaoghailta ann an cùisean spioradail air fhagail na cheist mu 'n faodar caochladh bharail a bhith am measg a cuid sluaigh. Ann an sùil ris na dh' ainmich sinn, a bheil aobhar math sam bith air son nach biodh an Eaglais mhór sin ag aonadh ris an Eaglais Stéidhichte air bonn an t-suidheachaidh a chaidh a dhèanamh aig Teachd Rìgh Uilleam agus Ban-rìghinn Màiri? Chan 'eil teagamh nach fhaod e bhith gu bheil anns an Eaglais sin—mar a tha, theagamh, anns na h-Eaglaisean uile—dream nach gabh lùbadh; ach eadhon an àireamh mhór diùbhsan aig a bheil beachdan rag agus làidir mu eaglaisean stéidhichte, chan fhaod e bhith nach fhaod dochas a bhith againn, air sgàth na buannachd mhóir a tha ri chosnadh, gun nochd an teagasg òg so uiread de mhàldachd na h-òige agus gur urrainn da fàs taobh ri taobh ris an t-seann teagasg eile, gun chunnart aon chuid aimhreit no còmh-stri.

Rinn an Eaglais, Phresbyterianach Aonaichte obair mhór ann an

Albainn mar thà ; chuireadh i crùn air an obair sin le bhith a' gabhail a cuid ann an eaglais mhóir aonaichte, air a cheart stéidh air an robh i toileach a bhith air a h-aonadh ris an Eaglais Shaoir—is e sin, gun rachadh gach ceist mu cho-cheangal an Uachdarain shaoghalta ri cùisean spioradail fhàgail na ceist fhosgailte.

A bheil aobhar sònraichte sam bith air taobh na h-Eaglaise Saoir a bhacadh an aonaidh so? Tha fhios aig an t-saoghal gu léir nach 'eil fiù a h-aon. Féumar a chur an céill a ris agus a ris gur ann fo sheana bhratach an Stéidheachaidh a rinneadh Taisbeanadh oirdhearc an Dealachaidh anns a' bhliadhna 1843. B' iad ceart cheannardan an dùsgaidh anabarraich sin a chuir an cath agus a choisinn a' bhuaidh as leith eaglaisean stéidhichte deich bliadhna roimhe sin.¹ Anns an "Tagradh Chòraichean"² bha aid-eachadh saor air a dhèanamh mu bhuanachd Stéidheachaidh, agus bha dìreach dà nì air a thagar. B' e aon diubh "gum biodh an Eaglais a' làn shealbhachadh agus a' mealtainn, mar chòir, a saorsa, a h-uachdaranachd, a h-oideas, a còraichean, agus a sochairean, a réir an lagha, gu sònraichte an co-cheangal ri bhith a dìon saorsa spioradail a cuid sluaigh." B' e an nì eile, "gum biodh i air a dìon anna sin bho fhòirneart mi-laghail Ard-chùirt na h-Alba, agus gum biodh an saorsa Chrìosdail agus dhligeach air a daingneachadh d' a cuid sluaigh." Anns a' *Phrotest* a chuir Dr Welsh air bòrd an Ard-Sheanaidh so anns a' bhliadhna 1843, dìreach m' an do thachair an Dealachadh, bha na briathran so : "Am feadh a tha sinn gu daingean a' cur an céill gur e còir agus dleasnas an uachdarain shaoghalta a bhith a' cumail suas agus a' cuideachadh Stéidheachadh-creidimh a reir Facal Dé, agus ag agairt dhuinn fhéin agus dhaibhsan a thig 'n ar déigh còir air a bhith a' strìth, air gach dòigh laghail, mar bheir Dia na fhreasdal cothrom duinn, air son gum bi an dleasnas so air a chur an gnìomh a réir nan Sgrìobtur, agus a réir laghannan Rìoghachd na h-Alba, agus cumhachan an Aonaidh eadar Albainn agus Sasunn, mar a bha iad air an tuigsinn leinn fhéin agus le ar sinnsr, " agus mar sin sìos. Tha so soilleir gu leòir, ach tha am *Protest* céudna aig a' cheart àm ag iarraidh gun teid "tagradh, taisbeanadh, agus àichean an Ard-sheanaidh a shuidh ann an Dun-eideann ann am mìos Màigh na bliadhna 1842, mar ghnìomh Ard-sheanaidh shaoir agus laghail d' an Eaglais sin, a ghabhail mar thaisbeanadh air fìor chomh-shuidheachadh na h-Eaglais sin." Cìod, ma tà, a tha "an tagradh an taisbeanadh agus an t-àichean" so ag ràdh mu 'n chùis so? Tha e a' co-dhunadh mar so, agus cha b' urrainn nì a bhith na bu shoilleire : "Tha iad gu sònraichte a' gairm air luchd-drèuchd agus air sluaigh na h-Eaglais so, a tha toileach fulang air son an dilseachd d' an Rìgh agus d' an Ceann glòrmhor, a bhith a' seasamh leis an Eaglais agus le càch a chéile as leith na h-aidmheil a chaidh ainmeachadh, agus as leith saorsa agus sochairean araon an luchd-drèuchd agus an t-sluaigh, a tha air an stéidheachadh air an aidmheil sin, agus a bhith a' guidhe maraon air an Dia uile-chumhachdach gun deònaicheadh E cridheachan luchd-riaghlaidh na Rìoghachd so a thionndadh gu bhith a' coimhead gun bhristeadh nan geallaidhnean a chaidh a thoirt do 'n Eaglais so anns na làithean a dh' fhalbh, troimh laghannan agus le cùmhlanan rianail, agus na bóidean fo 'n d' thàinig iad do Dhia fhéin, gun dìonadh agus gun cumadh iad suas riaghladh agus oideas na h-Eaglais so a réir Facal Dé; no, air mhodh eile, gum tugadh E neart do 'n Eaglais so—a luchd-drèuchd agus a cuid sluaigh—gu bhith gum ghearan a' fulang call sochairean aimsireil an Stéidheachaidh agus ge b' e fulangais agus calldachd gus am bi iad air an gairm, agus gum lionadh E iad le èud agus le cumhachd gu bhith a' cur air adhart

¹ The Voluntary Controversy, 1833-34.

² The Claim of Right.

teachd Rìoghachd a Mhic fhéin, ge b' e suidheachadh anns am faic E iomchuidh an cur; agus gun ath-aisigeadh E dhaibh, na àm iomchuidh fhéin na sochairean sin, toradh éuchdan agus fulangasan an aithrichean anns an àm a dh' fhalbh as leith an aobhair chéudna, agus an sin gun deònaicheadh E dhaibh gràs gu bhith ga 'n cleachdamh na 's ro éifeachdaiche na rinn iad h-uige so air son foillseachadh a ghàire." . . . "Tha sinn a' tagar," arsa Dr Candlish, anns a' bhliadhna 1843, "gun robh gach sìon a tha an Eaglais ag iarraidh le ùghdarras Facal Dé air aideachadh agus air a dhìon leis an lagh, a chuir an céill mar chuibhriun de Chomhshuidheachadh na Rìoghachd so an tagradh a rinn an Eaglais air son cumhachd neo-eismeileach ann an cùisean spioradail, mar thagradh suidhichte air a' chòir a bhuilich Dia fhéin oirre. Dh' aidich an Uachdaranachd cumhachd na h-Eaglais ann an gnothaichean spioradail mar chumhachd a bha a' sruthadh bho Chrìosd agus stéidhichte air Fhacal, air alt agus gu bheil an tagradh a rinneadh air bonn ùghdarras Dé, co-shìnte cadhòn ri lagh agus Comh-shuidheachadh na Rìoghachd."

Chan 'eil sìon air an t-saoghal ann an comh-shuidheachadh na h-Eaglaise Saoir an aghaidh aonaidh air bonn an t-Suidheachaidh a rinneadh aig Teachd Rìgh Uilleam agus Ban-rìghinn Màiri; an àite sin is ann a tha gach nì ga sparradh agus ga iarraidh. An àite a bhith, mar tha muinntir gu h-amaideach ga comhairleachadh an dràst, ga threigsinn, leanadh an Eaglais Shaor air "cùrsa na bliadhna 1843." Cuidichidh sinn leatha a bhith a' tagar mar chòir agus a' gnàthachadh mar chòir a cumhachd agus a neo-eismeileachd ann an cùisean spioradail, mar a fhuair i iad dìreach bho Dhia, agus gu bhith a' mealtainn nan sochairean a tha ceangailte riu, a bha air an daingneachadh dhi le seann laghannan Pàrlamaid na h-Alba agus Pàrlamaid Bhreatainn, agus a tha ré ùine cho fada air an cumail uaipe. A thaobh theagamhan sam bith co-cheangailte ri sealbhachadh nan sochairean prìseil sin, chan eil nì d' a leithid 'n ar measg-ne. Ma tha teagamhan san bith air taobh na h-Eaglaise Saoir dh' fhaodadh iad a bhith air an cur as an rathad gu bràth le Achd ùr Pàrlamaid. C' arson a chuireadh an Eaglais Shaor air chùl a' h-uile firinn air son an do rinn i cothachadh agus fulang anns a' bhliadhna 1843? C' arson a chuireadh i an céill do 'n àl ri teachd gun do thredraich aithrichean na h-imrich ghreadhnaich sin iad fhéin agus an cuid cloinne do 'n fhàsaich, air an lomad de na bha aca 's an t-saoghal, an tòir air faileas? C' arson a thireadh i mu 'n dùsgadh mhór sin, agus mu chòmh-stri fhada, chianail, gaisgich an Ath-leasachaidh, nach robh anna ach céum faoin, tubaisteach? C' arson, air an làmh eile, nach cuireadh i urram air an cliù, agus nach seasadh i ri aidmheil aithrichean an Dealachaidh, le bhith a' gabhail seilbh air na sochairean ris an do chuir iadsan cùl, agus a tha Dia na fhreasdal uile-ghlic deònach a bhith, a réir spiorad an euid atehuingean, a' sìneadh air an ais daibh? B' e sin a bhith a' cur clach-mhullaich air obair an Dealachaidh—a' bhuaidh a bu mhò a choisinn an Eaglais Shaor riamh. Ma their ar cairdean air an taobh eile ruinn, "Chuir sinn ar n-earbsa anns na ballachan-dìon a bha linn an deigh linn d' ar n-aithrichean a' togail, agus cha do sheas iad dhuinn; dé an dearbhadh ùo an t-urras is urrainn duibh a thoirt nach biodh an t-Achd ùr air a bhristeadh?" Is i an fhreagairt: "Chan 'eil an so ach brудар faoin; . . . tha sinn a nis air faicheachan ùra agus am measg gnòmharan linn eile; agus tha sinn air gliocas ùr fhòghlun." Chaidh aobhar an t-seann uile a thoirt air falbh, agus leis an droch aobhar dh' fhalbh an droch thoradh. Tha leith-chiad bliadhna dealachaidh a' teagasg dhuinn an féum a tha air aonadh agus co-chòrdadh. Na 'm biodh an t-aonadh air a dhèanamh bhiodh aig an Eaglais ceithir-fichead as a' chiad de shluagh na h-Alba, agus b' e an gliocas agus an cogaiseachd Chrìosdaidh, gun ghuth air cuimhne ghéir na chaidh seachad,

urras a bu làidire agus a bu chinntiche a ghabhadh a bhith nach tachradh Dealachadh 1843 gu bràth tuilleadh.

Tha còir aig Eaglaisean, mar tha aig daoine fa leith, am beachdan atharrachadh agus gluasad air an adhart gu làraich ùir ; ach tha e, air a' chuid is lugha, do-thuigsinn ciamar is urrainn do dhaoine le ùghdarras aidichte anns an Eaglais Shaoir a radh ann an aghaidh fianuis sgrìobhaidh agus eachdraidh, gum “ b' e an Dealachadh crìoch cùrsa fada de dh' oidhirpean a chum Eaglais Stéidhichte a chumail suas a réir teagasg an Sgrìobtuir a thaobh spioradalachd agus saorsa Eaglais Chrìosd ; ” gun robh e na “ chrìch agus na cho-dhunadh, agus gun robh e a' teagasg nach bu chòir na h-oidhirpean sin fhèuchainn tuilleadh.” Tha mise d' an bhàrail gur i an fhùrinn a thaobh na h-àirinnh gu ro mhór is mò de mhinistearan agus de shluagh na h-Eaglaise Saoir, a tha an geall air an Eaglais a dhì-stéidheachadh, nach i a' cheist a tha ga 'n gluasad, Cìod a tha ceart ? ach Cìod a tha freagarrach ? Tha iad a' tagar air son Dì-stéidheachaidh, chan ann air a sgàth fhéin, ach mar an seòl is coltaiche air an urrainn daibh amas, a chum làn cheartas a dhèanamh dhaibh fhéin mar Eaglais, agus a chum mi-thaitneas agus mì-chothromachd chùisean mar tha iad a thoirt air falbh. Na 'm faiceadh iad rathad coltach, aithghearr, réidh, a mach as an doire, air bonn na fianuis a thog iad anns a' bhliadhna 1843, tha mi dearbhte gun rachadh gabhail ris gu toileach—a dh' aindeoin na dh' fhalbh agus na thàinig—le naoi as gach deich de shluagh na h-Eaglaise Saoir. Ma tha mi ceart anns a' bhàrail so—agus chan ann gun aobhar math a tha mi ga h-altrum—theirinn leis gach uile irisleadh, ach leis gach uile dhùrachd, riù sin gu léir, gu bheil gréim aig an togradh so air son aonadh nan eaglaisean an diugh air inntinn an t-sluaigh air mhodh nach fhacas o àm an Dealachaidh, agus gu bheil e gach là a' dol am mèud. Cumamaid a' chùis so car ùine bhig saor o dheasboireachdan riaghlaidh agus Phàrlamaidean, thugamaid dhi ùine gu bhith ag abuchadh, agus is i mo bhàrail, le beannaichadh Dia ar n-aithrichean, gum faighear aon chuid troimh an *Laymen's League*, no air mhodh eile, fuasgladh a dh' fhaodas, theagamh, teachd gearr air làn dùrachd aon samh bith de na h-Eaglaisean, ach a bhios taitneach do 'n t-sluagh agus a bheir do 'n dùthaich agus do na h-Eaglaisean sìth agus fois.

Tha dlùth air leith chiad bliadhna o 'n dhealaich sinn. Nach 'eil an t-àm duinn a bhith teannadh r' a chéile ? Rè cùrsa iomairteach ar n-eachdraidh mar Eaglais agus mar Rìoghachd chan fhacas mòran laithean a bu doilgheasuiche, a bu diùbhaltaiche, agus a bu chomharraichte, na an là air an do dhealaich sinn. Cia lìon cridhe glan, gaisgeil, Albannach a chaidh a bhristeadh an là sin cha bhi fios gus am fosglar na leabhraichean. Air taobh na h-Eaglaise Saoir chunnacas taisbeanadh air dìlseachd agus féin-àicheadh nach leigear air dòchuimhn gu bràth. Bidh là is mò fhathast ann an eachdraidh dùthaich ar gaoil—là is mò anns an tomhas anns a bheil aonadh na 's fheàrr na sgarachdainn, sìth na 's fheàrr na cogadh—an là anns am faicear sinn cruinn, còmhla, a rithist ; an uair a bhios ar còmhicheas fada, cianail, ar n-amharusan, agus ar farmad, gu bràth air an càramh fo thalamh. Nach 'e sin a bhios na là grianach do dh' Albainn ! Nach e sin a chuireas gàirdeachas ann an cridhe ar Tighearna ghràdhaich Iosa Crìosd. Air son teachd an là sin cha do lasaich air ar n-ùrnaighean, agus cha lasaich gu bràth. Nach aontaich sinn, ma tà, gun cuir leith-chiad bliadhna crìoch air a' chòmh-stri, agus gun gleidh sinn leith-chiadamh bliadhna ar dealachaidh mar Iubilee ar tillidh a ris ? Nach 'eil Dia a' labhairt ruinn an so ann an Albainn a cheart cho fìor 's a labhair E r' a shluagh o shean, ag ràdh : “ Agus naomhaichidh sibh an deicheamh bliadhna agus dà fhichead, agus gairmidh sibh saorsa air feadh na dùthcha, d' a luchd-àiteachaidh uile : bidh i na Iubilee dhuibh, agus

pillidh sibh gach duine chum a sheilbhe féin, agus pillidh gach duine agaibh g'a theaghlach féin"?

Ciod a chuidicheas gu bhith a' toirt na crìche beannaichte so gu teach ? A chum an rathad ullachadh air son ge b' e laghannan ùra a dh' fhéumteadh a dhéanamh, dl' fhaodteadh buidheann de theachdairéan a' Chrùn a shònrachadh gu bhith a' rannsachadh na cùise gu h-ìomlan, a' chluinntinn ciod a bha ri ràdh air gach taobh, a' tarraing a mach gu soilleir ciod iad faireachdainnean an t-sluaigh, agus a' socrachadh ciamar a ghabhadh maoin agus seilbh na h-Eaglais roinn air son buannachd nan uile a bha a' seasainh ri aidmheil-creidimh Rìoghachd na h-Alba. Tha sluagh nan Eaglaisean uile seachd-searbh d' an iomairt chianail a th' ann. Chan 'eil ni sam bith is luaithe chuireas crìoch oirre na an gnìomharan smiorail fhéin. Is e comharra agus aobhar-uail, agus neart na h-aidmheil Presbyterianaich gu bheil guth aig an t-sluaigh co-ionann ri guth na cléire ann cùisean riaghlaidh agus uachdaranachd. Cuireadh iad gu buil an còraichean agus, ma 's fhéudar, gabhadh iad an gnothach na 'n làmban fhéin. Ma tha cail de dh' fhìrinn anns na tha mì an dràst a' tagar, feùmaidh cridheachan dhaoine a bhith air an aonadh m' am bi aonadh am measg nan Eaglaisean, agus cha ghabh a leithid sin de dh' aonadh greasad a dheòin no dh' aindeoin. Féumaidh sinn a bhith air ar tarraing na 's tinne air a chéile le bhith a' saothrachadh còmhla ann an aobhar Chrìosd. Chan 'eil ni sam bith a bu luaithe a leagadh na ballachan a tha eadarainn na so. Is ainneamh ri fhaotainn daoine—coma có an aidmheil d' am buin iad—a tha ga 'n cleachdamh fhéin gu dìchiollach ann an aobhar Chrìosd, a tha a' tagar air son an Eaglais a sgarachdainn o 'n Chrùn mar rathad as ar n-amaladh. Féumaidh co-oibreachadh tighinn air thoiseach air aonadh—agus mar is luaithe thig e is ann is fheàrr. Tha inntinn an t-sluaigh ag abuchadh air a shon. Tha gairm ann air son co-oibreachaidh am measg nan cinneach ann an dùthchannan céin. Tha gairm ann air son co-oibreachaidh am measg nam mìltean a tha dearmad an t-soisgeil, agus ann an obair choitchionn nan eaglaisean anns an dùthaich so fhéin. Tha gairm ann air son co-oibreachaidh am measg luchd-teagaisg fòghlumaich òga ar n-eaglaisean. Leis gu bheil an dà Ard-Sheanadh a' suidhe air an aon là, tha cuid a' moladh gun coinnicheadh iad agus gun itheadh iad Sacramaid Suipeir an Tighearna an taobh stigh do sheana bhallachan Eaglais-Ard Dhun-Eideann.¹ An taobh stigh d' a cùirtean iomraiteach rinn ar n-aithrichean aoradh, agus le toil Dé bidh i na tigh-aoraidh do 'n àl a thig 'n ar déigh. Gabhaidh an togradh so air son aonaidh ùine gu fàs, uime sin tha féum sònraichte gun sguireamaid d' ar còmh-stri. Gairmeamaid sìth Dhé. Na 'n còrdadh na trì Eaglaisean Presbyterianach gun rachadh a' chùis a chur a thaobh car beagan bhliadnaichean agus gun gabhadh iad gu saothrachadh làmh air làmh chan 'eil ni is coltaiche na gun socraicheadh gnothaichean iad fhéin. Biodh againn, an rud is fheàrr gu léir, barrachd ùrnaighean dùrachdach bho mhinistearan agus bho shluagh nan Eaglaisean uile, gun éireadh Dia ar n-aithrichean agus gun "dèanadh e trècair air ar Sion," agus, na àm agus na dhòigh mhaith fhéin, gun cruinnicheadh e ri chéile dìobaraich ar n-Israel Albannaich. Tha féum gum biodh aig ar n-Eaglaisean uile dòrtadh is ro phailte agus is ro shaibhire de Spiorad Naomha Dhé.

Anns a' chòmhdhail a th' ann tha ar dleasan-ne soilleir. Rè còrr agus trì chlàd bliadhna tha an t-Ard-Sheanadh na fhear-dìon furachair agus foghainteach air saorsa agus air còraichean an t-sluaigh. Is e a ghnòthach fhathast, cho fad agus is comasach dha, a bhith a' faicinn gum téid guth an t-sluaigh éisdcachd agus toil an t-sluaigh a leantainn, agus

¹ St Giles' Cathedral.

gum bi an oighreachd mhór a chaidh a chosnadh dhaibh le tréuntas an aithrichean air a dìon do 'n t-sluagh ; agus a bhith, le còmhnaidh Dhé, a' sìneadh na h-oighreachd sin sìos, air a caochladh ma 's eiginn e, ach gum mhilleadh gun truailleadh, gu linn nan linn. A chionn nach 'eil dearbhadh againn fhathast gun sguir ar luchd-bagraidh, eadhon car ùine bhig, de thòrachd an Di-stéidheachaidh, agus leis nach urrainn duinn an nì a theid aon uair a mhilleadh a thoirt air ais no a leasachadh, is e ar ciad dhleasnas, ar dleasnas is mò agus is cudromaiche, mar Ard-Sheanadh agus mar Eaglais, a bhith a' dìon le ar n-uile neart na h-oighreachd sin a rinn Dia earbsadh ruinn, le a cuid sochairean—sochairean a tha sinn deònach agus ullamh gu bhith a' roinn orrasan uile a tha a' gabhail ri aidmheil-creidimh na Rìoghachd. Is e ar ciad dhleasnas agus ar dleasnas is cudromaiche fhaicinn gum bi an oighreachd sin is annsa leinn fhéin agus le mìltean agus mìltean de shluagh na h-Alba, eadar fir agus mnaithean, na fuil ar cridhe, gum bi i air a cumail á lamhan luchd-connsoid mam mòd, agus gum faigh i “cothrom na Féinne.” A chum so a dhèanamh biodh gach sgìreachd anns an dùthaich air a cur an òrdugh-cogaidh ; biodh ar cuid sluaigh air an dùsgadh gu bhith a' faicinn an cunnairt, agus air an fiosrachadh mu mhèud na seilbh a tha an geall. Rinn an dùsgadh a thachair anns a' bhliadhna 1885, agus an uiridh agus am bliadhna, as leith dìon na h-Eaglais féum anabarrach anns an dòigh so. Tha breithneachadh air ar cunnart ga 'r tarraing na 's dluithe d' a chéile, agus a' tarraing a mach an teas-ghràidh sin do 'n t-seann Eaglais, a tha na chadal ann an cridhe, chan e mhàin ar sluaigh fhein, ach mìltean agus mìltean nach 'eil ag aoradh leinn. Dèanamaidne mar mhinistearan, mar sheanairean, agus mar shluagh, ar dleasnas anns a' chàs is mò a thàinig air ar n-Eaglais bho linn an Ath-leasachaidh, agus cha ruig deireadh an là a leas smuairin a chur oirnn.

Tha aon dòigh ann a chum an Eaglais a dhìon, agus as éugmhais na dòighe sin cha bhì gach seòl eile ach dìomhain, agus is e sin a bhith a' dèanamh na h-Eaglais na 's buannachdoire do 'n dùthaich, na 's fìfeachdaiche na 'frithealadh, agus le bhith gu glic agus gu faicilleach a' stiùradh a cursa a fhreagairt do dh' uireasbhuidhean ùra nan àmanan caochlaideach so. Cha chluinnear ann an ceàrna sam bith a nis muinntir a' cur air adhart mar aon aobhar air son an Eaglais a dhì-stéidheachadh, gu bheil Eaglais na h-Alba air caochladh air son na cuid is mìosa. Chan 'eil e air aithris ann an àite sam bith gu bheil i dearmadach air a dleasnas agus air claonadh bho aidmheil a creidimh. Na beatha agus na h-obair cha robh i riamh cho fallain. Ach chan 'eil math nach faodadh a bhith na 's fhèarr. An co-shuidheachadh nach co-shìnn e fhéin ri caochlaidhnean nach gabh seachnadh is co-shuidheachadh e a tha a' teannadh a dh' ionnsaidh a' bhàis. Tha a dèuchainnean fhéin aig gach linn, agus tha ar cuid fhéin againne. Is còir dhuinn ar n-aghaidh a thoirt air na dèuchainnean sin, chan ann le geilt agus le h-amharus, ach le spiorad gaisgeil dòchasaich. Bidh Ard-Sheanadh na bliadhna so iomraiteach air son na sìth agus na h-òrdalachd a bha air an nochdadh, air son na h-inntinn àird agus eagnaigh leis an do rinneadh ar deasboireachdan gu h-iomlan, agus air son na fiamh spioradail a bha a' comharrachadh uile ghnìomharan ar coinne. Bidh an t-Ard-Sheanadh so iomraiteach gu sònraichte air son a' chomais anabarraich, an t-snasmhorachd cainnte, agus an spioraid shuidhichte, dhòchasaich, leis an do ghabh an t-Ard-Sheanadh os laimh agus leis an do chnuasaich e na gnothaichean cudromach co-cheangailte ri cor agus còraichean agus cothroman an t-sluaigh, a dh' fhéumas a bhith air gabhail aca leis an linn a tha romhainn. Ann am buntainn air mhodh sònraichte ris na cùisean sin chaidh an t-Ard-Sheanadh a stigh air cleachdamh ùr ann an eachdraidh na h-Eaglais. Ma tha coltas an àna tha

romhainn a' togail amharuis 'n ar cridheachan, ma tha móran ann an sgrìobhaidhnean agus ann am feallsanachd ar là fhéin mu thimchioll a' chreidimh Chrìosdaidh, a tha ga 'r lìonadh le bròn, leigeamaid ar taice air gealladh Ceann glòrmhor na h-Eaglais, agus gabhamaid comhflurtachd an uair a chì sinn gu bheil greim is laidire aig soisgeul Chrìosd air an t-saoghal an diugh na bha aige riamh roimhe. Chan urrainn gum bi eas-aontachd bhuan sam bith eadar Sgrìobhtar Dhé agus Cruthachadh Dhé, ma thogar an teagasg gu ceart, a chionn is e an aon Dia is ùghdar daibh le chéile.

Tha an t-àm ri teachd ann an eachdraidh Eaglais ar gaol an earbsa gu sònraichte, chan ann ribhse, m' aithrichean gràdhach, ach ribhse, mo bhràithrean òga, agus gu h-àraidh ris a mhèud agaibh 's a tha ann an drèuchd na ministrealachd agus rihsan a tha gach bliadhna a' gabhail gus an drèuchd chéudna. Cha ghabh sibh gu h-olc e ma labhras mi beagan fhacal gu sònraichte ribhse. Tha e cho math dhomh a ràdh an so ri àite eile—dèanamh ur dìchioll gu bhith ag altrum càirdeis r' ur bràithrean. agus gu sònraichte ur bràithrean anns na h-eaglaisean Presbyterianach eile. Tha eagal orm gu bheil so air uairibh—tha mi an dòchas nach 'eil e tric—air a dhearmad. Cuimhnichibh gu bheil iad a thaobh inbh, a thaobh comas-inntinn, agus a thaobh diadhaidheachd a cheart cho math ribhse. Ma bhios iad ag ràdh agus a' dèanamh nithean nach toigh leibh, cuimhnichibh na 'n robh sibhse anns an t-suidheachadh anns a bheil iadsan, gu bheil e glé choltach gum abradh agus gun dèanadh sibh an nì céudna. Tha aobhar againn a bhith taingeil nach robh an Eaglais riamh air a h-uidheamachadh le buidhinn de chléir òig is comasaiche, is 'dùrachdaiche, agus is dìchiollaiche, na tha aice an diugh. Bidh e na chuideachadh dhuibh ma chumas sibh f' ur comhair beachd agus rùn àrd air drèuchd na ministrealachd. Am measg nithean eile tha dà nì féumail a chum agus gum bi soirbheachadh agaibh ann bhur n-obair—bhur n-inntinnean a bhith gu treidhireach ag aontachadh leis an fhìrinn a tha agaibh ri theagasg, agus caithe-beatha a bhios an còmhnaidh fo stiùradh cumhachdach na fìrinne sin. Ciod a tha anns an Eaglais ach dìreach corp Chrìosd air a shuidheachadh agus air uidheamachadh a chum a bhith a' taisbeanadh m' a thimchioll fhéin, agus mu 'n chreideamh m' a dhéibhinn a tugadh aon uair do na naoimh, agus a chum a bhith a' craobh-sgaoileadh a' chreidimh sin am measg dhaoine? Chan 'eil an Eaglais air a togail air beachdan agus barailean. Tha i air a togail air Pearsa, agus air aon fhìrinn mhóir, chomharraichte, mu thimchioll an Neach sin—is e sin, “an Tighearn Iosa Crìosd, air bhith dha na Mhac sìorruidh do Dhia, rinneadh E na dhuine, agus mar sin bha E agus mairidh E na Dhia agus na dhuine ann an dà nàdur eadar-dhealaichte, agus ann an aon Phearsa gu sìorruidh.” Crìosd, is e sin Crìosdachd; Crìosdachd, is e sin Crìosd. Is ann mu thimchioll na fìrinne móir so a tha fìrinnean eile a' chreidimh gu h-iomlan a' cruinneachadh agus a' crochadh. Tha iad uile a' faighinn an àite dhlighich agus an cudroim dhlighich fhéin a reir na dàimh anns a bheil iad a' seasamh do 'n fhìrinn mhóir so. Ge b' e air bith caochlaidhnean a dh' fhaodas tachairt ann an aidmheil Eaglais an àma ri teachd, chum a fàgail na 's soilleire agus na 's giorra, cha dean i an t-atharrachadh is lugha air an fhìrinn so—fìrinn bhunaiteach a' chreidimh. An àite sin a bhith na fhàs agus na chinneas, is e bhiodh ann crìonadh agus bàs. A réir mar tha mise ga tuigsinn, tha mi ag aithris na fìrinn rium fhéin mar so: An Tighearn Iosa Crìosd, air bhith dha na Mhac sìorruidh do Dhia, rinneadh na dhuine E a chum agus gum faigheadh E bàs. Fhuair E bàs a chum agus gun éireadh E a ris, agus gun tugadh E leis as a' bhàs beatha ùr agus ghlòrmhor do 'n duine—daonnachd ghlòrmhor agus iomlan air a h-aonadh ris an diadhachd. Mac Dhé anns an fheadh, an uair a chaidh

E a mach as an t-siorruidheachd troimh bheatha agus troimh bhàs duine, agus—a' dol a steach air beatha àrd agus ionlan na h-aiseirigh, a tha saor o chumhachd a' bhais—an uair a chaidh E a stigh leatha do 'n t-siorruidheachd a rìs, bha crìoch àraid Dhé ann an cruthachadh an duine air a coimhlionadh; bha buaidh air a toirt air a' pheacadh agus air ifrinn; bha beatha shìorruidh air a cosuadh, agus slàinte anns an t-seadh is farsainge air a càramh aig casan gach peacaich thruaigh de chlann-daoine. B' i madainn na h-aiseirigh darnn là-cruthachaidh a' chinne-dhaonna. B' e am beachd fìor agus àrd a ghabh iad air na trì nitheannan sin—a' bhreith, am bàs, agus an aiseirigh—mar na trì nitheannan troimh an do choimhlionadh slàinte do 'n t-saoghal, a stiùir an Eaglais o shean gu bhith a' cur air leith—rud a bu chòir a bhith air a dhèanamh an còmhnaidh agus anns gach àite—Latha Nollaig, Aoine na Cèusda, agus Latha Càsg, mar thrì làithean-féisd mór na bliadhna do 'n Chrìosdaidh. Tha sinn a' fulang call do-labhairt le bhith a' call na “Bliadhna-Chrìosdaidh”; bidh buannachd do-labhairt againn na bhith ga buannachd air a h-ais, oir is i urras is deise agus is cìnntiche gum bi Soisgeul ionlan agus gun mhilleadh air a shearmonachadh no air a chur fo chomhair an t-sluaigh.

Mo bhràithrean òga, is e ur ciad dhleasnas agus ur dleasnas is àirde an Crìosd sìorruidh so a shearmonachadh do chridheachan agus do chaithe-beatha dhaoine. Na tugaibh géill sam bith do ghoileam faoin an là an diugh, a chuireadh iompaidh oirbh a bhith a' cur litreachas, agus feallsanachd, agus eòlas, agus ealdhain an t-saoghail ann ur teagasg an àite Chrìosd. Chan e oideachan-fòghlum a tha annaibh, ach luchd-searmonachaidh. Nì sibh seirbhis mhath do 'n dùthaich le bhith a' leantainn agus chan ann a' diùltadh òrduighean-siubhail ur Ceannaird. Is iad na h-òrduighean sin: “searmonaichibh am Focal,” “searmonaichibh an Soisgeul,” “searmonaichibh Crìosd air a chéusadh,” “searmonaichibh Iosa agus an aiseirigh.” Is sibhse oighreachan nan abstol, ma tha a leithid de rud ann. Coimhlionaibh an teachdaireachd a fluair sibh dìreach bho 'n Mhaighstir, agus searmonaichibh “gu bheil Rìoghachd Dhé am fagus”—chan ann fad as anns na spéuran sìorruidh os ar cionn, agus cìau o chrìochan na h-aimsireach; ach gu bheil i an so 'n ar measg agus annainn—Rìoghachd Dhé sin ann an cridheachan agus ann an caithe-beatha dhaoine, nì is “fireantachd agus sìth agus gàirdeachas anns an Spiorad Naomh”—an Rìoghachd sin is e beatha a bhith innte, ach a bhith an taobh a muigh dhi, bàs sìorruidh. Ma tha toil agad d' eaglais a' lìonadh searmonaich Crìosd. Ma tha toil agad a falamhachadh searmonaich rud-eign eile, gu sònraichte searmonaich thu-fhéin. Chan ann gu bhith air an toileachadh leis na gnothaichean bòidheach a' tha agad ri ràdh riù a tha daoine peacach, claidhte agus fo thróm uallach—agus gu sònraichte ma 's daoine iad a fluair fòghlum agus oilean—a' tighinn do 'n eaglais; tha iad a' tighinn a dh' fhaighinn uait, mar theachdaire Chrìosd, façal a bheir dhàibh misneach agus neart, a bheir beothachadh d' am beatha spioradail, agus a chumas beò na 'n cridhe faireachdainnean mu Dhia agus mu gnothaichean na sìorruidheachd. Tha aon nì cinnteach—chan urrainn duinn innseadh do mhuintir eile mu Shlànaighear air a bheil sinn fhéin aineolach. Chan urrainn duinn cridhe neach eile a theasachadh le blàths nach robh riamh 'n ar cridhe fhéin. Chan urrainn duinn a thoirt seachad an rud nach 'eil againn. Chan urrainn domh a bhreithneachadh nì is uamhasaiche agus is cagalaiche na ministear a tha e fhéin marbh gu spioradail agus na thur-choigreach do Chrìosd, a' glacadh làimhe agus ag ùrnaigh làmh ri duine air leaba bàis. Tha eachdraidh Phòil air a h-innseadh uile ann an aon fhacal: “B' i deagh thoil Dé . . . a Mhac

féin fhoillseachadh annam, chum gun searmonaichinn E am measg nan Cinneach." Os cionn gach uile nì, mo bhràithrean òga, scarmonaichibh mar dhaoine do dhaoine. Labhraibh ri uireasbhuidhean, agus ri doilgheasan agus ri uallaichean dhaoine. Tha e glé choltach nach dean sibh searmoin gu bràth far nach bi cuideigin acrach air son facal misneachaidh. Biodh ur briathran a' sruthadh as ur cridheachan blàth fhéin gu cridheachan dhaoine. Agus gu labhairt ri daoine is fhéudar dhuibh eòlas a bhith agaibh orra. Sin eòlas nach faigh sibh ann an leabhraichean; féumaidh sibh fhaighinn le bhith a' measgachadh le daoine agus le bhith a' dèanamh gairdeachais maille riùsan a tha ri gairdeachas agus caoidh maille riùsan a tha ri caoidh.

Ach am feadh a tha an Soisgeil is e ar dleasna a bhith a' cur an céill, coltach ris an Ughdar o'n d' thàinig e, an nì céudna an dé, an diugh, agus gu sìorruidh, na dìochuimhnicheamaid gu bheil e cho ioma-fhreagarrach 's a tha peacaidhnean, agus doilgheasan, agus uireasbhuidhean dhaoine éucoltach ri chéile. Agus cha robh riamh tuilleadh féuma na tha an diugh air a bhith a' taisbeanadh agus a' co-chur an t-seann Soisgeil so air mhodhannan ùra. Tha sinn a' cluinntinn air gach taobh dhinn—chan è guth sèimh, ach toirm chruaidh—torman an tairneanaich a tha na rabhadh air doinìon buaireis am measg an t-sluaigh. Tha an t-adhar fo luchd leis an fhuaim, agus tha inntinnean dhaoine làn geilt. Air bratach na còmh-stri tha romhainn chì sinn na facail, "Soirbheachadh an t-sluaigh." Tha sinn dall leis an doille is truaighe ma tha sinn am beachd gun leig sluagh a tha a' dùsgadh, a lion beag agus beag, gu bhith a' faireachdainn an ceannais agus an cumhachd, le cùisean fantainn dìreach mar tha iad. Am feadh a tha sinn ag aideachadh gu bheil cor an t-sluaigh air dol gu ro mhór am feabhas o chionn ghoirid, tha ceistean cudromach ann fhathast a tha ga 'n cur fhéin air an adhart, agus a' strìth ri iad fhéin a réiteach: Ciamar a nithear leasachadh air cor cruaidh an luchd-saothrachaidh? Ciamar a mhèudaichear sonas agus seasgairreachd an caithe-beatha? Ciamar a gheobhar dhaibh biadh is fheàrr, còmh-dach is fheàrr, tìghean-còmh-nuidh is fheàrr, agus fearas-chuideachd is neo-lochdaiche agus is buannachdoire na tha gu tric aca mar thà. Ciamar a gheobh iad saor agus "nèul dorcha na seann aois, agus na bochdainn, agus na h-éiginn, a tha rè uile laithean an beatha na laighe air trì-cheathramhan de shluagh Bhreatuinn, an dùthaich is beairtiche anns an Roinn Eòrpa"? C' arson a tha àireamh d' an t-sluaigh a' caitheadh am beatha ann an sògh agus pailteas, an uair a tha a lìugha aon de 'n mhuintir is dìchiollaiche agus is gnìomhaiche a' strìth gun chothrom bho 'n chiad là dh' fhosgla iad an stùlean gus an dùinear iad air an t-saoghal so gu bràth? Ciamar a gheobh an luchd-oibre a tha a' cruthachadh beairteas na dùthcha, earrann is mò, agus mar tha iad gu nàdurra am beachd, earrann is cuimsiche de 'n bheairteas sin? An ruig a leas iongantais a bhith oirnn ma tha iad a' tagar briathran an Fhrangaich, Comte: "La richesse est sociale dans sa source, et doit l'être aussi dans son application"—("Is ann bho 'n t-sluaigh a tha am beairteas a' tighinn, agus is ann ris an t-sluaigh a bu chòir a bhith ga chur")? De an dòigh is cothromiche anns an gabh cùisean socrachadh eadar luchd-maoin agus luchd-oibre? Ann an dùthaich mar so, a tha ag aideachadh a bhith a' creidsinn gur bràithrean an cinne-daonna gu léir, c' arson a bhiodh a leithid de bhealach farsaing eadar aon dream agus dream eile, cho beag co-fhaireachdainn agus comhstaidh eatorra, a leithid de dh' aincolas air beachdan agus air iarrtasan càch a chéile, agus ciamar a lughdaichear no thogar air falbh an nì sin ris an d' thuit am Breitheamh Talfourd "mallachd sònraichte sluagh Bhreatuinn"?

Is iad sin, agus an leithide sin de cheistean a tha an sluagh a' gabhail gu

bhith a' réiteachadh, agus chan 'eil fios aig aon sam bith na's fheàrr na tha aca fhéin gum féum iad gach cuideachadh is urrainn daibh fhaighinn. Agus chan 'eil cumhachd air thalamh comasach air cuideachadh is féumala a thoirt daibh anns na cùisean sin na Eaglais Chrìosd. Tha làn fhios aig a' chuid is mò d' an luchd-cosnaidh—gu sònraichte a' chuid is fheàrr dhiùbh—air sin, agus tha iad deònach a bhith a' gabhail cuideachadh na h-Eaglais. Is e fear-oibre a sgrìobh am ionnsaidh mar a leanas: “Bu mhath leam leis gach uile urram a bhith a' sparradh so oirbh—rud nach 'eil cothrom cho math agaibhse air a thoirt fainear 's a tha agamsa—gu bheil inntinn an luchd-cosnaidh aig an àm so ann an suidheachadh is freagarraiche gu bhith a' gabhail agus a' toirt gnùise do chreideamh ro oirdhearc ar Tighearna na, theagamh, a bha e o 'n thàinig E fhéin a dh' ionnsaidh an t-saoghail. A nis na dèanadh an Eaglais dearmad air a' chothrom mhór so; ach labhradh a cuid cléire gu dàna, mar rinn an Maighstir E fhéin, agus na biodh gruaim an duine shaibhir ga 'm bacadh o bhith a' giùlan meidh a' cheartais gu cothromach. . . . Is e mo bharail gur e aon de phrìomh dhleasan na h-Eaglais tighinn agus solus an t-Soisgeil a thilgeil air an teagasg chlaon agus fhuaraidh a tha tuilleadh 's coitcheinn am measg sluaigh; na ballachan doichiollach a tha modhannan agus gnàthachaidhnean ùra air a thogail eadar dream agus dream d' an aon sluaigh, isleachadh agus a thoirt air falbh, agus a chur an céill le àirde a guth gur bràithrean an cinne-daonna gu léir.” Chan 'eil gnè dhaoine ann aig a bheil cothrom is fheàrr, ma chuireas iad an cleachdamh e, gu bhith a làn thuigsinn an luchd-cosnaidh, a' co fhaireachdainn leo, agus ga 'n stiùradh, na a' chléir, agus gu sònraichte cléir Eaglais na h-Alba—Eaglais is i gu h-araidh Eaglais an duine bhoichd. Tha e a' laighe gu sònraichte oirbhse, mo bhraithrean òga, an cothrom so a chleachdamh gu dìchiollach agus dearbhadh a thoirt gur sibh, mar thuirt Carlyle, “ceamardan spioradail an t-sluaigh.” Le sùil ri sin, is gann gur aithne dhomh nì sam bith is féumala dhuibh na bhith gu dùrachdach a' cnuasachadh agus a' faighinn géur eòlais air na ceistean móra sin a bhuineas do chor agus do chòraichean an t-sluaigh. Thigeadh e dhuinn uile aire mhath a thoirt do na briathran glic agus beachdail so: “Is e is prìomh chomharra cleachdail air duine seach duine a chomas air géur aithne a dhèanamh air cor an t-sluaigh; agus theid an là leòsan is adhartaiche innte.”

Ma thoilicheas an Eaglais fuireach saor agus na cùisean móra so; a' dearmad eiseimpleir a Maighstir; mur bi teachdaireachd aice do dhaoine saothrachail, claidhte, chum an stiùradh gu àite tàimh agus fois taobh thall d' an uaigh; mur bi aice cobhair, agus seòladh, agus cuideachadh ri thairgseadh dhaibh ann an cruaidh-éiginn agus dùchannan an t-saoghail anns am bi an crannchur aca, theid a càranh gu suarach air chùl, agus ann am beagan bliadhnaichean bidh a' chuid is mò de luchd-oibre na Rìoghachd an taobh a muigh d' a ballachan. Cinnteach gu leòir cha b' e sin ar comain do 'n chreideamh a tha sinn ag aideachadh agus do 'n drèuchd d' am buin sinn. Aghaidh ri aghaidh ris na h-oidhirpean dian agus suidhichte a tha an t-ana-creideamh a' dèanamh gu bhith a' puinnseanachadh inntinean an t-sluaigh a thaobh rùn agus crìoch shònraichte a' chreidimh, nach bu chòir dhuinn a chumail na 's ro-shoilleire fa chomhair ar n-inntinnean fhéin, agus mar so fa chomhair inntinnean an t-sluaigh, ciod e gu fìrinneach an Creidimh Chrìosdaidh, ciod a rinn e a mar thà, agus ciod a tha e comasach air a dhèanamh fhathast air son leas aimsireil agus sìorruidh an duine? Nach bu chòir dhuinn a chumail na 's ro-shoilleire f' ar chomhair fhéin, agus mar so fa chomhair ar sluaigh, gur e an Creidimh Chrìosdaidh leigheas is fheàrr agus is éifeachdaiche air son gach teamntachd sluaigh; gur e am Bìobul leabhar is fheàrr a theagasg gach nì a bhuineas do leas an t-sluaigh; gum b' e Iosa Crìosd caraaid-sluaigh a b' fheàrr a chuir

riamh cas air thalamh—E fhein na dhuine bochd, cleachdte ri obair ghoirt ; gum b' Esan Fear-leighis gach easlaint, Slànaighear a' chuirp cho math ris an anam ; gum bu choir do n' Eaglais a bhith mar bha Esan—na dian-nàmhaid do gach éucoir, gach fòirneart, agus gach olc, ge b' e air bith ceàrn as an tig iad ? “ Creidimh a bhios na 's iomlaine na creidimh sam bith a tha fhathast am measg dhaoine, féumaidh e na 's lugha cùrainm a nochdadh mu chomhfhurtachd neach fhéin, agus mothachadh is doimhne agus is géire a nochdadh mu dhligh e an t-sluaigh—mothachadh a bhios a' sruthadh o cho-fhaireachdainn leis an nì sin air am mò a bheil sinn dearbh-eòlach—crannchur cruaidh an duine.” Sinn agaibh ann an aon fhacal drùighteach an nì os cionn gach uile nì a tha a dhìth air ar linn. Chan 'eil féum againn air creideamh ùr no air teagasg ùr mu leasachadh cor dhaoine. Is e na tha 'g ar dith an creideamh bàigheil a tha againn a chur an céill le barrachd dìlseachd agus dùrachd—cothrom agus saorsa is fheàrr a thoirt do na cumhachdan a tha a' laighe, agus a bha riamh a' laighe anns an aon chreideamh bhuan agus uile-fhreagarrach a chaidh ullachadh air son an duine—creideamh an Tighearn Iosa Crìosd. Cha d' thàinig traoghadh fhathast air comasan a' Chreidimh Chrìosdaidh, agus cha tig gu bràth, cho fad 's a bhios peacadh agus dùruinn anns an t-saoghal. Tha na h-uile mheadhanan eile chum cor dhaoine a chur am feabhas aon chuid an geall air a bhith ga ath-nuadhachadh o 'n leith a muigh, no ma tha a mhiann orra daoine fa leith a leasachadh o 'n leith a stigh, chan 'eil iad ag ullachadh an nì sin a tha an Creideamh Chrìosdaidh ag ullachadh—cumhachd làidir gu leòir anns an leith a stigh. Gu bhith a' dùsgadh dian èud as leith an t-sluaigh is fhéudar dhuibh amas air aobhar d' a réir sin ; agus chan 'eil ann ach an amaideachd is mò a ràdh gum faighear a leithid sin de dh' aobhar anns an dòchas, theagamh ciadan no mìltean de bhliadhnaichean an déigh dhuibhse agus dhomhsa cràmh anns an uaigh, gum bì an cinne-daonna a' ruigheachd air sonas agus iomlanachd annasaich air chor-eigin. Cha ruigear a leas sùil fàidh gu bhith a' faicinn gun ruith tuil na còmh-stri a tha romhainn ann an aon d' an dà rathad so—gu sìochail agus uidh air n-uidh ag ath-shuidheachadh cor an t-sluaigh a réir teagasgan a' Chreidimh Chrìosdaidh, no ath-shuidheachadh ainneartach a reir nan teagasgan an-diadhach leis a bheil an Roinn-Eòrpa air a tolladh agus air a lìonadh. Is e is deireadh do 'n darma h-aon, saoghal òrdail, oirdhearc, maiseach ; is e is deireadh do 'n aon eile saoghal aimhreiteach, duaichnidh, agus oillteil. Fàgaidh an darma h-aon an saoghal na 's coltaiche ri Nèamh ; fàgaidh an t-aon eile an saoghal mòran na 's coltaiche ri Ifrinn.

Dlù-cheangailte ris a' cheist mu 'n robh sinn a' labhairt tha cùis chudromach eile—aon de na cùisean is cudromaiche a tha f' ar combhair an dràst—is e sin ciod a tha ri dhèanamh ris an t-sluaigh mhór a tha air tuiteam air falbh agus air dol fodha anns an tuil ? Ciod a tha sinn a' faicinn ? A bhàrr theagamh, air Stàidean America, is e Breatunn Rìoghachd is saibhire air an t-saoghal. Ann an saibhreas na Rìoghachd tha a h-earrann fhéin aig Albainn. Agus an déigh sin uile, a réir a' chùinntais a rinneadh anns a' bhliadhna 1881 (cha d' fhuair sinn cùinntas na bliadhna so, 1891, fhathast), ann an 3,735,573 sluaigh, bha 210,753 tigh anns nach robh ach aon àite-tuinich, agus 315,652 tigh anns nach robh ach dà àite-tuinich. Ann an Dùn-Eideann ann an 236,333 sluaigh bha 14,511 tigh anns nach robh ach aon àite-tuinich agus 17,495 anns nach robh ach dà àite-tuinich. Ann an Glaschu ann an 550,534 sluaigh bha 42,587 tigh anns nach robh ach aon àite-tuinich agus 49,977 tigh anns nach robh ach dà àite-tuinich. A nis ged is còir dhuinn a chuimhneachadh gum faod diadhaidheachd a bhith beò agus a' fàs ann an suidheachadh glé mhìchaoimhneil, agus gur iomadh teaghlach diadhaidh a chaidh àrach anns a' Ghàidhealtachd agus ann an àiteachan eile ann an tighean a cheart cho

suarach, chan urrainn gu tric ach mi-fhallaineachd sgriosail araon do chorp, do dh'anam, agus do bhéusan an teaghlaich a bhith ann an tighèan a tha mar so, far am bi teaghlaichean a' laighe 's'ag éirigh ann an aon àite-tuinich. Chan 'eil còir aig na ciadan mìle sluaigh so ann an Dùn-Eideann, ann an Glaschu, agus ann an Albainn gu léir, a' bhith toilichte le 'n cor. Cha mhò tha e ceart gum biodh Albainn toilichte le a leithid sin de shuidheachadh, a chionn tha e millteach do shlàinte agus do bhéusan an t-sluaigh agus cunnartach do bhunaitean na Rìoghachd. Ciod a tha ri dhèanamh ris an t-sluaigh sin agus r' an cuid cloinne? Eisdibh ri freagradh an aon duine ann an Albainn is fhèarr cothrom air freagairt a thoirt do 'n cheist—Dr Russell, an lighiche a shuidhich Comhairle Baile-mór Ghlaschu gu bhith a' sealltainn ri slàinte an t-sluaigh: “Chan 'eil bonn dòchais ann a thaobh an leithide sin de shluaigh” (a tha air an crùbadh ann an aon àite-tuinich) “mur bi an Eaglais—làimh-leighis Chrìosd fhathast air an t-saoghal—mur bi i a' gnàthachadh a' chumhachd a bhuineas di, a' stiùradh ar luchd-riaghlaidh gu bhith a' dealbh reachdan glìce, agus a' gluasad cridheachan dhaoine gu seirc agus fialaidheachd.” Bu chòir do na briathran sin a bhith air an seirm o cheann gu ceann d' an tìr, oir tha iad a' nochdadh dhuinn smior na cùise; is iad an iuchair a bheir fuasgladh o 'n chàs. Bu chòir dhaibh a bhith gu sònraichte air an seirm am measg connspòidean ar n-eaglaisean mar fhuaim trompaid breitheanais agus dìtidh.

Tha an so obair cho cudromach agus cho deacair 's a thachair riamh air Eaglais Dé anns an tìr; agus an àite a bhith ag éirigh suas le a h-uile neart, agus a' tional a cuid feachd a chothachadh an aghaidh an uile agus a' chunnairt mhóir so, is ann a tha i na laighe gun chli, gun chomas, leis na lotan a rinn a làmhnan fhéin. Chaidh a nochdadh le Presbytery Ghlaschu, a rinn obair mhór agus ion-mholta anns a' chùis so, gu bheil co-cheangal iongantach eadar àireamh na muinntir a tha a' tighinn beò ann an tighèan air aon àite-tuinich, agus àireamh na muinntir a chuir cùl ri tigh an Tighearna; tha 120,000 ann d' an chiad bhuidhinn agus 126,000 d' an bhuidhinn eile. An ruig sinn a leas ioghnadh a ghabhail? Mar Eaglais agus mar Ard-Sheanadh thug sinn cheana fainear, agus is éiginn duinn a ris agus a ris a ghabhail gu cridhe, gu bheil àireamh ro mhór de 'n luchd-cosnaidh a' claonadh air falbh bho thigh an Tighearna.

A nis tha an gnothach so, gun teagamh, doirbh ri leasachadh, agus tha aobhar no dhà air a shon; ach tha mì gun sòradh a' coireachadh eas-aonachd ar n-eaglaisean mar aon de na h-aobharan is mò. Chan 'eil tlachd sam bith gu nàdurra aig ar luchd-cosnaidh, aon chuid fireannaich no boireannaich, ann an ana-creideamh no nì coltach ris. Is sinne a tha gà 'n dèanamh na 'n ana-creidmhic, mar gum b' eadh, le ar gnàths, a' dùnadh ar n-eaglaisean orra, no ga 'n gabhail a stigh fo riochd agus fo shuaicheantas luchd-déirc. Is beag fhios a tha aca dé a' ghnè a tha anns na daoine sin, an uaisle agus an neo-eismeileachd, dream sam bith a tha am beachd gun teid iad do dh'eaglais air an leithide sin de chumhnantan. Far a bheil pàidheadh ga thogail air son aiteachan-suidhe, chan urrainn daibh a dhìoladh, agus cha shuidh iad ann an earrainn d' an eaglais tha air a cur air leith air son luchd-déirc. Is e modh-frithealaidh nan sgìreachdan dòigh is fhèarr a chaidh riamh a dheilbh a chum òrduighean an t-soisgeil a ghiùlan do gach tigh anns an tìr. Ach, a thaobh an eadar-sgarachd-ainn a tha 'n ar measg, chan 'eil an dòigh so a' fòghnachdainn do na bailtean-móra le cion comais a bhith a' ruigheachd air uireasbhuidhean sluaigh a tha a sìor dhol an lìonmhorachd. Leis a' chleachdamh dhocharach sin, pàidheadh air son aiteachan-suidhe, a thàinig, a lìon beag agus beag, a stigh do dh'eaglaisean nam bailtean-móra, tha rian na sgìreachd

air crìonadh gu bhith na rian choimhthionalan fa leith, agus tha eaglais na sgìreachd air fàs na h-àite anns a bheil an Soisgeul ga reic mar bhathar a' cheannaiche do 'n fhear is fhaide sporan. Tha fios math gu leòir agam air a liugha bacaidh agus a tha ann an rathad leasachadh na cùise so — bacaidhnean a bhàrr air goinne airgid — bacaidhnean a tha a' sruthadh bho inbhean eag-samhla an t-sluaigh, bho sheann nòs agus bho dhroch cleachdadh — bacaidhnean nach gabh cur a thaobh ann an aon là. Ach, eisdibh so, far a bheil pàidheadh ga thogail air son àiteachan-suidhe, agus earrann d' an eaglais air a cur air leith, mar gum b' ann do luchd-déire, dhaibhsan a tha, chan ann le 'n coire fhéin, éu-com-asach air an pàidheadh, tha sibh a' dol calg-dhireach an aghaidh teagasg an t-Soisgeil a tha ag innseadh dhuinn nach 'eil a leithid de nì agus bochd no beairteach ann an suilean Dhé. Tha sibh a' bualadh air an stéidh air an bu chòir do dh' Eaglais na Rìoghachd a bhith air a suidheachadh — is e sin gum biodh a tighean-ùrnaigh cho fosgailte agus a seirbhis cho saor do 'n duine bho chd 's a bhiodh iad do 'n duine is àirde inbh 's an tìr. Cha ruig sinn gu bràth air sluagh faondrach, bochd, ar bailtean-móra, cha toir sinn iad fhéin agus an cuid cloinne gu bràth a stigh fo chumhachd an t-Soisgeil, cha chùin sinn air ais bho ar dùthaich gu bràth an cumart eagalach a tha a' laighe fo fhàs an Ìomhhorachd an t-sluaigh so, le meadhonan sam bith eile ach le a bhith a' suidheachadh agus a' lèudachadh na 'm measg seann fhrithealadh éifeachdach nan sgìreachdan, agus cha dèanar gu bràth a leithid de lèudachadh agus a bheir gach teaghlach anns an tìr gu buan fo chumhachd nam meadhonan so ach a mhàin troimh aon Eaglais mhóir Albannaich. Is ann air sgàth dùthaich mo ghràidh a tha mi a' guidhe air son aonaidh. Na 'n robh so againn, b' urrainn duinn an ceàrn is dùmhala d' ar bailtean-móra a roinn na sgìreachdan beaga, furasda làimhseachadh, air an sàr uidheamachadh, le eaglaisean àillidh a bhiodh e tlachdmhor do na bochdan dol a stigh annta, a chionn gum bu leò fhéin iad, àiteachan-suidhe sìnte fosgailte, agus a nasgaidh, gun eadar-dhealachadh am measg an t-sluaigh, na tabhartasan saor; seirbhis ghoirid, mlùn, thapaidh, spioradail; searmoin ghoirid, ghlan, de smior an t-Soisgeil; taghadh ciùil agus roghadh mhinistearan, air an sònrachadh agus air an uidheamachadh air son na h-oibre.

Ma tha sinn a' dol a bhuidhinn an t-sluaigh air an ais a dh' ionnsaidh a' chreidimh, féumaidh sinn Eaglais an àm tha romhainn a dhèanamh air mhodh nach robh i riamh roimhe na h-Eaglais an duine bho chd agus an t-saothraiche. Is i seann mhaoin ar n-Eaglais oighreachd nam bochd — solar spioradail nam bochd, a réir rùn nan daoine a bhuilich an toiseach i; oighreachd nam bochd a réir còraichean-scilbh chiadan bliadhna. C' arson nach caithear a' mhaoin so, ma tà, air a' mhodh so agus air son a leithid so de dh' aobhar? Biodh an dream a tha saibhir agus iadsan a tha comasach anns an tìr, a' pàidheadh air son an òrduighcan mar tha iad a' pàidheadh air son an cuid arain; biodh seann mhaoin na h-Eaglais air a gnàtlachadh mar sholar agus mar oighreachd spioradail shònraichte nam bochd; agus, far nach foghainn an t-seann mhaoin sin, a thachb mar tha an sluagh a' fàs an Ìomhhorachd, an lorg cinneas beairteas na dùthcha, biodh na tha gamn air a dhèanamh suas le daoine saibhir, diadhaidh, an là an diugh; agus cha ghabhadh airgid caitheamh air sheòl a b' fheàrr air son buannachd na dùthcha. C' arson nach biodh pailteas againn an cocheangal ri Eaglais na Rìoghachd air son a bhith a' togail "sluagh fo thuinn" nam bailtean-móra? Shuidhich an Rìoghachd leis an lagh nach rachadh na bochdan a dhùth, aon chuid an corp no an Ìntinn. Shuidhich an Rìoghachd troimh thabhartasan dhaoine, tighean-éiridinn agus tighean-slànachaidh, a chum agus gun gabhteadh curam diùbh an là na h-easlaint.

Shuidhich i gum biodh aig na daoine is bochda's an tìr, gu sònraichte anns na bailtean-móra, an uair a bhiodh iad tinn, agus easlan, leaba ghlan agus sheasgair air an laigheadh iad, ann an seòmar fallain blàth; còcaire ealanta a dh'ullachadh an cuid bìdh; banaltann eòlach ga'm faireadh a là's a dh'oidhche; agus na lighichean is comasaiche air an t-saoghal ga'n cuideachadh air an ais gu slàinte. Is e an nì a tha air m'inntinn o chionn fhada agus air son a bheil mi nis a' guidhe, gun dèanadh saibhreas agus cràbhadh na h-Alba air son anamannan an t-sluaigh a tha air dol fodha anns an tuil an rud a chaidh a dhèanamh cheana air sou an cuirp. An àite bhith, mar tha iad an dràst anns na bailtean-móra, air an dearmad agus a' dol a dhòlaidh le coireannan droch ghnàths ar n-eaglaisean—na 'm blar-seilge air son farpais amharusach eaglaisean, air son uipearachd aineolaich gun cheannsal, air son falaidheachd gun tuaiream, gun ghliocas; na 'm faiche air am bi ministearn òga agus fòghlumaich nan eaglaisean a' fènc-ainn an làimh, leis an toradh is dùth dhaibh—an àite sin, troimh sheann dòigh-ghìollachd nan sgìreachdan Albannach, le làmhnan Eaglais mhóir aon-achte, a' co-oibreachadh le luchd-saothrachaidh diadhaidh eile, biodh iad air an tarraing a stigh fo chùram agus fo uachdararachd riaghailtich spioradail. An t-airgid a tha an dràst air a chaitheamh agus air a chur a dhòlaidh leis mar tha oidhirpean fichead aidmheil air an gnàthachadh gun chuimse, thall's a bhios, dh'fhóghnadh e a chumail suas fo làn-uidheam nan eaglaisean-sgìreachd beaga, pongail, air son a bheil mi a' tagar.

Gun cuideachadh Dia sinn mur 'eil an so ach brúadar! Oir mur 'eil, tha brúadar mòran is eagalaiche a' bagairt tighinn gu firinn. Ach chan e brúadar a bhios ann na dhùisgeas sinne gu bhith a' toirt fainear comharran ar là agus na tha a' tachairt fa chomhair ar sùilean.

A Bhraithrean agus Uaislean Ard-urramach, tha a nis cothrom aig Presbyterianaich na h-Alba gabhail còmhla air cùmhnantan a bhios cothromach do na h-uile agus nach bi docharach do dh' aon sam bith, gu bhith a' cur suas as ùr Eaglais mhóir Albannaich air rud-eigin coltach ris an t-seann stéidh—Eaglais a bhios co-cheangailte le slabhraidhean làidir ri seann bhliùthas na h-Alba, agus a bhios a' sìneadh sìos gach buaidh is fheàrr a tha oirre do 'n àl nach d' rugadh, air son math ar dùthecha agus air son glòir Dhé. Tha cothrom cuideachd aig Presbyterianaich na h-Alba an cùl a chur ri seann bhliùthas na Rìoghachd—an caochladh is mò a thachair blo linn an Ath-leasachaidh a dhèanamh, luchd-aidmheil Presbyterianach na h-Alba a roinn gu bràth na 'n dà fheachd naimhdeil, le comas gu leòir aig gach aon diubh gu bhith a' sgoltadh as a chéile—agus a bhith a' cumail air a h-adhart na dolaidh a tha ga dèanamh an dràst agus a tha a' cur maslaidh air a' chreideamh agus na diùbhaill mhóir do 'n tìr. Cha robh a leithid de roghainn riamh mu choimne sluagh. Gun deònaich Dia ar n-aithrichean gràs duinn gu bhith a' toirt na breith a bhios ceart.

Cho fada agus a bhuineas do 'n Ard-Sheanadh agus do 'n Eaglais so, tha an cùrsa soilleir. Chan fhaod sinn air son duais sam bith malairt a dhèanamh air an oighreachd a thàinig a nuas oirnn troimh linn-tean fada, air a beannachadh le ùrnaighean, le deòir, agus le fuil ar n-aithrichean. Cha leimne i ri toirt seachad. Ma theid a splonadh as ar làmhnan, bìdh ar làmhnan-ne glan. Ge b' e air bith dé is deirceadh do 'n iomairt a th' ann, is urrainn duinne gabhail air ar n-adhart gun sgàth, ann an neart na dearbhachd gun do rinn sin ar dheanas do dh' Eaglais agus do dhùthaich ar gràidh. Ann am briathran neach a bha a' dol troimh dhèuchainn a bu ghairge agus aig an robh tuilleadh an geall na tha eadhon againne—"Gun mhì-run do neach sam bith, le deagh run do na h-uile, gu dàna anns a' chòir, mar tha Dia a' deònachadh dhuinn a' chòir fhaicim, dèanamaid sìorghleachd gu bhith a' crìochnachadh na h-oibre anns a bheil sinn."

Gum beannaicheadh an Tighearna sibh, agus gun gleidheadh E sibh ; gun tugadh an Tighearna air 'aghaidh dealrachadh oirbh, agus biodh E gràs-mhor dhuibh ; gun togadh an Tighearna suas a ghnùis oirbh, agus gun tugadh E sìth dhuibh. . . . Guidhibhse air son sìth Ierusalem : soirbhichidh iadsan leis an ionmhuinn thu.

A NIS, A BHRÀITHREAN AGUS UAISLEAN ARD-URRAMACH, MAR THÀINIG SINN CRUINN ANN AN AINM AN TIGHEARN IOSA CRÌOSD, AON CHEANN AGUS RÌGH NA H-EAGLAISE SO, THA MI A NIS, ANNS AN AINM MHÓR CHÉUDNA, A' CUR AN ARD-SHEANADH SO MAR SGAOIL, AGUS THA MI A' SOCRACHADH GUN CRUINNICH ATH ARD-SHEANADH NA H-EAGLAISE SO ANN AN DÙN-EIDEANN, AIR DIORDAOIN, AN NAOIDHEAMH-LÀ-DÉUG DE MHÌOS MÀIGH, ANNS A' BHIADHNA OCHD-CIAD-DÉUG AGUS A DHÀ-DHÉUG AGUS CEITHIR FICHEAD.

